



GAELIC  
AND  
ENGLISH  
POEMS

*MRS. MARY MACKELLAR*



3/6



Digitized by the Internet Archive  
in 2007 with funding from  
Microsoft Corporation



L Celtic  
M1545p

# POEMS AND SONGS

## GAELIC AND ENGLISH.

BY

MRS. MARY MACKELLAR,

BARD TO THE GAELIC SOCIETY, INVERNESS.

Edinburgh:

MACLACHLAN & STEWART, 64 SOUTH BRIDGE.

INVERNESS: JOHN NOBLE. OBAN: J. W. MILLER.

1880.

430586  
14.12.44

EDINBURGH :  
PRINTED BY LOEIMER AND GILLIES,  
31 ST. ANDREW SQUARE.

LE A CHEAD  
SÒNRAICHTE FHÉIN,  
THA MI 'CUR NAN DUANAGAN SO  
A MACH  
FO SGÀILE SGLIATH CHAOIMHNEIL  
CARAIDE DÌLEAS  
AGUS FEAR-TAGRAIDH  
MO DHÙTHCHA, MO SHLUAIGH,  
AGUS  
MO CHÀNAIN,  
PROFESSOR BLACKIE.





## CONTENTS.

---

	PAGE
Oran do Bhan-rìgh Victoria. Air dhomh an Leabhar aig a Mòrachd Rìoghail a Léughadh, . . . . .	1
Duanag, . . . . .	4
Oran, . . . . .	5
Mo Ghràdh Geal 's mo Rùn, . . . . .	6
Verses from my Scrap-Book, . . . . .	7
Cumha le Lochial—An Uair a Chunnaic e a Chaisteal air a Losgadh Leis na Saighdearan-dearga, “Bliadhna Thèarlaich,” . . . . .	10
Translation of above, . . . . .	12
Longing, . . . . .	14
Lochabar, . . . . .	14
An Nighean Dubh Ghruamach, . . . . .	16
Oran do Dhuin'-Uasal a bha 'dol a phòsadh te nach robh taitneach le 'chàirdean, . . . . .	17
Gearan an Anma, . . . . .	19
Marbhrann do Thèarlach Stiubhart Camshron, . . . . .	21
On Dreaming of a Young Brother who had died shortly before, . . . . .	22
The Peasant Girl to the Lady, . . . . .	23
Luinneag 'a rinn mi uair a fhuair mi Deoch de dhroch Uisge 'an Handbher, . . . . .	25
A Fragment, . . . . .	26
A Christmas Song, . . . . .	27
Verses from my Scrap-Book, . . . . .	28
A Response to the Farewell to Edinburgh of Mrs. Harriet Miller Davidson, . . . . .	29
The Lone Maiden, . . . . .	31
Lines on Bessie G. Colquhoun, . . . . .	32
Written on a Valentine sent to a Child, . . . . .	32

	PAGE
Lines written near Aultnacraig, Oban, . . . . .	33
Birthday Acrostic, . . . . .	34
Three Sonnets on the Baptism of Edith Constance Colquhoun,	35
The Old Man to his First Love, . . . . .	36
Lines written at the Grave of the late Sir Duncan Cameron of Fassifern, . . . . .	37
Oran mu Challart, . . . . .	39
Am Maraiche 's a Leannan, . . . . .	41
Oran do Sgiobair de Chlann-a-mhuirich air an do chuir mi Eòlas ann an Lunnainn, . . . . .	44
Faiite do Mharcus Latharna 's do 'Mhnaoi-Òig Rioghail, . . . . .	45
Translation of the above by Sheriff Nicolson, . . . . .	48
Air Latha Orduigh Dhunéideann, . . . . .	51
Alone, . . . . .	52
Lame Willie. A Christmas Ballad, . . . . .	53
A Christmas Carol, . . . . .	57
Oran mu'n Choinnimh-chomhraidh 'bha ann an Dunéideann air son Cathair Ghàidhlig fhaotuin anns an ard-Oil thigh, . . . . .	59
Cronan an Latha Dhorch, . . . . .	60
Translation. Crooning for a Dark Day, . . . . .	61
Glassmaking Spiritualised. Written in the Glassworks of Mr. A. Jenkinson, 10 Princes Street, . . . . .	62
Lines on Edinburgh. Written in Norway, . . . . .	64
Death of Dr. Norman Macleod, . . . . .	66
Oran air an 42nd air dhoibh bhi buadhar an Cogadh Ashantee,	67
Oran Dhomhnuill, . . . . .	69
A Ballad, . . . . .	71
Oran do Thobar a chunnaic mi ann an traigh Loch Eribol, . . . . .	81
Freagairt an Tobair, . . . . .	82
The Isle of Canna, . . . . .	83
A Ballad, . . . . .	85
On seeing a little Child dying from the effects of Scalding, . . . . .	93
Fragment of a Poem written on the Death of D. C., Kilmallie,	94
The Dying Words of Rachel Jenkinson, . . . . .	94
Bowsing the Jib. Dedicated to all the Wives who reform their Husbands with the spell of Love, . . . . .	95
Comhradh eadar a'm Bard 's a Chlarsach air a sgrìobhadh air son Commun Gàidhlig Inbhernis, . . . . .	96
A Night Song. Written in a Time of Trial, . . . . .	100

CONTENTS.

vii

	PAGE
Conversation between my Pet Linnet and Canary, . . . . .	101
Faillte do Lochial agus d'a Mhnaoi-Oig do Lochabar, . . . . .	103
The Blue Banner, . . . . .	105
Duan Gairdeachais do Chomunn Gaidhlig Inbhirnis, . . . . .	106
A Wish for a Friend, . . . . .	108
The Forsaken One to the Dewdrop, . . . . .	109
Lines on the Death of a Boy, . . . . .	110
A Song for the Times, . . . . .	111
Oran do Chaiptean Siosal, fear Allt-na-Glaislig, . . . . .	114
Translation by Mr. William Mackenzie, Secretary of Gaelic Society, Inverness, . . . . .	116
A Day in the Country in June, . . . . .	117
Home-Sickness, . . . . .	118
The Mountain Breeze, . . . . .	120
Mo Nighneag Gheal Og, . . . . .	121
Alone—in the Twilight, . . . . .	122
Sonnet to a Devoted Lady, . . . . .	124
To my Muse, on being forbidden by my Doctor to Write, . . . . .	124
Wasted Affection, . . . . .	125
Wasted Affection, . . . . .	126
Oran Gaoil, . . . . .	128
An Iarruidh Dhiomhain, . . . . .	131
To a Sprig of Heather sent me from a Highland Glen, . . . . .	132

TRANSLATIONS.

An Dealachadh Gaidhealach. Le Professor Blackie, . . . . .	133
Allt-a'-Chinnàird. Le Professor Blackie, . . . . .	135
Aisling Oisein. Le Professor Blackie, . . . . .	136
Luinneag: Thill, gu'n do thill thu, 'Bhblackie, . . . . .	139



# GAELIC AND ENGLISH POEMS.

## ORAN DO BHAN-RIGH VICTORIA.

AIR DHOMH AN LEABHAR AIG A MÒRACHD RÌOGHAIL  
A LEUGHADH.

FONN:—“*Coire Cheathaich.*”

CHA'N 'eil Bàrd riabh a rinn dàn duinn,  
Cruit no clàrsach a sheinn dhuinn ceòl,  
Air mnaoi ghràidh nach do luaidh le mànràn  
'Us e ga 'h-àrd-mholadh mar a b'èdì.  
Mo chruit-sa, gléusam a nis do théudan,  
A chum gu h-éibhneach thu 'dheanamh sgeòil  
Mu mhnaoi àillidh a tha gu stàtail,  
Air cathair àrdaicht' os ceann gach feoil.

A shliochd nan leòmhann 'bha greadhnach lùchairteach,  
'S beag an t-ioghnadh ged 'tha thu còrr,  
'S fuil nan Stiùbhartach rìoghail cùirteachail  
'G éirigh lùthchleasach ann 'ad phòr;  
Na feara calm' d'am bu dùthchas Alba  
A dheanamh feara-ghnìomh 's a sgapadh òir.  
Bha'n dream ud ionmhuinn le luchd nan Garbh-chrìoch,  
'S bhiodh iad 'g an leanmhuinn le h-earbsa mhòir.

O 's i do mhàthair 'thug dhuinn an oighreachd  
A thog thu 'd mhaighdinn gun mheang, gun bhéud,  
Gu soilleir boisgeil, mar rogha daoimein  
A dheanamh soillse 'am measg nan céud.  
Am mathas saoibhir, làn bàigh 'us caoimhneis,  
'S do rìoghachd aoibhneach á luach a séud,  
Gun uaill gun mhòrchuis, làn tùir 'us eòlais,  
A rinn do chòmhradh mar cheòl nan téud.

4  
 'S mar thig an driùchd a nuas le ùrachadh  
 Air na fùrain 'bhios seargta fann,  
 Thug buaidh do chùirt-sa gu fìorghlan fiùghanta  
 Fàs air subhailcean a bha gann.  
 'S e sud, a Bhan-rìgh, a chuir ar n-ùigh ort,  
 'Us cha b' e'n crùn a bhi air do cheann.  
 'Us 's e 'chuir cliù ort air feadh gach dùthcha,  
 Mar oiteig chùbhraidh de thùis nam beann.

5  
 O 's mòr an gràdh 'thug thu dh'obair Nàduir !  
 'S tha'n aigheadh àrd ud ag iarraidh lòin,  
 Feadh gach àrd charraig, gleannan fàsachail,  
 Glac 'us càrn mullaich, màin 'us sròn,  
 B' e'n seòmar uasal leat lagan uaigneach,  
 Le d'ghillean uallach aig do thrà-nòin,  
 'S bu fhùran suaicheant' leat raineach uaine  
 'S an roid 's an luachair 'bhios anns na lòin.

6  
 'S a' mhaduinn Shamhraidh cha b'ann na 'seòmar  
 A gheabhtheadh 'bhan-tighearna 'tha mi 'seinn,  
 'Us grian a' dòrtadh gu boisgeil bòidheach  
 A gathan òrbhuidh air ceò a' ghlìn,  
 Ach 'gabhail sòlais 's an ùrachd ghlòrmhoir  
 'S ag éisdeachd ceòlraidh nan eòinean bìnn'  
 Le ribheid shiùbhlaich a' cur na smùid' dhiubh  
 Mu thimchioll lùchairt nam baideal grìnn'.

7  
 O 's ioma bliadhna bho'n bha thu caomh leinn,  
 A chionn mar thaobh thu ri Tìr-nam-beann,  
 A chionn do mhiann 'bhi air frìth 'us fraoch,  
 'Us do dhachaidh aobhach 'bhi 'n cois nan gleann  
 Ceòl na pìoba 'bhi 'd thalla rìoghail,  
 'S ar breacain rìomhach 'bhi air do chloinn,  
 Ach thug thu'n dràsda gu tur fo chis sinn,  
 'Us ghoid air crìdh'chan le sgrìob de d'pheann.

8  
 'Us tha mac-talla ri iolach éibhneis  
 Air feadh nan sléibhtean 's nam beanntan cian'  
 'Us clann nan Gàidheal mar dhaoine òtmhor,  
 A gheabhadh fìor-uisge mar am miann.

'S do mholadh binn orra fhéin 's an tìr,  
 A bhi air a sgrìobheadh 'an cainnt nam Fiann,  
 Is bidh a' Ghàidhlig a nis 'am prìs,  
 Ged a theirteadh uimp' gu'n do laidh a grian.

Co a dh'innseas dhut mèud an éibhneis,  
 A dhùisg an sgéul ud 'am measg an t-sluaigh?  
 'S cò a léughas dhut mèud ar spéis dhut  
 A mhàldag chéutach nan ioma buadh?  
 'Us ma thig nàmhaid ort nall thair saile  
 Bheir mic nan Gàidheal dha blàr 'bhios cruaidh,  
 Ged 's gann an àireamh, 'us caoraich bhàna,  
 'S gach gleannan àrd anns am b'àbhaist tuath.

Bu tu 'bhanacharaid, bu tu 'mhàthair,  
 Bu tu bàn-rìgh nam flaithean tréun'  
 Gheabh aircich tròcair, 'us truaghain deòir bhuat  
 'Us iochd gheabh fògraich na'n dùthchan céin',  
 Bu tu 'bhean chàirdeil do'n fhiùran àluinn  
 A chuir le 'ghràdh air do làithibh sèun,  
 An léug a's luachmhoir' 'bha 'd'choron rìoghail,  
 'S chuir Rìgh nan Rìgh i na 'choron fhéin.

A ròis a's àillidh, a mhiann nan Gàidheal,  
 Nis guidheam làithean dhut a bhios buan,  
 'An sìth 's an sòlas, le beannachd sònraicht'  
 Le buaidh 'us glòir air tìr-mòr 'us cuan;  
 'S mar 'chuir thu deadh-shìol 'ad thìr 's 'ad theaghlach,  
 A bàn-rìgh ghreadhnach, thu 'dheanamh buain',  
 'S ged dh'fhéudas pàirt 'bhi gun bhuaire an dràs'd' dheth,  
 Bidh saibhlean làn' agad air Là-luain.

'S 'n uair 'thig gu d'iarraidh an teachdair' dìomhair,  
 'S is éiginn triall bho gach onoir mhòir,  
 Guidheam Crìosta 'bhi 'cumail dìon' ort  
 Fo sgàil a sgiath' bho'n is e 'bheir fòir;  
 'S mar théid a' ghrian gu làn deàrrsadh sìos  
 Fo chùirtein sgiamhach nam badan òir,  
 Biodh do thriall-sa 'an sgèimh na diadhachd  
 Gu coron sìorruidh 'an rìoghachd na glòir'!

## D U A N A G.

An uair a bhà mi mu fhichead bliadhna dh'aois, 's mi sgrìob car mios de'n t-samhradh aig an tigh 'an "Coire-bheag," thàinig mo bhràthair a b'dige là 'bha'n sin dhachaidh as an sgoil, 's thug e orm am fuaghal a bh' agam a chur bhuam, agus mi-fhein ullachadh gu dol a mach leis, ag ràdh gu'm b'fhèarr dhomh 'bhi 'g obair air a' bhuntàta na 'bhi 'm shuidhe stigh. "Dian òran air sin a nis," os esan, agus fhad's a bhios, tu ga 'chur ri chéile, gabhaidh mise mo bhiadh. 'S e bh' ann gu'n do thoisich mi mar a leanas :—

FONN :—*"An cluinn thu leannain an cluinn thu."*

AN cluinn thu mi, 'Mhali,  
 Ged thà thu cho bàn,  
 'Ad shuidhe air cathair,  
 A' fuaghal le snàith'd,  
 Gu'm b'fhèarr dhut 'bhi 'mach ud  
 Ag obair le gràb,  
 A' dianamh 'bhuntàt' a bhùrach.

Na'm fàgadh tu Glaschu,  
 Le 'thatraich 's le 'smùid,  
 'S gu'n tigeadh tu dh'fhuireach  
 Gu bunaibh nan stùc,  
 Gu'm biodh tu gu beadrach  
 Mu "Bheagaig" nan lùb,  
 'S gu'n cinneadh tu 'd fhlùran ùror.

Us ged tha do ghruaidhean  
 Cho tana 's cho bàn,  
 Gu'm fàsadh tu snuaghor  
 Le buadhan an t-sàil,  
 'S do leòir òl 's a' bhualidh  
 De'n chuach-bhainne bhlàth—  
 'S e dh'fhàgadh tu làidir lùthor.

O, éirich 'us tiugain  
 'Us théid sinn le chéil',  
 An àirde do'n bhruthach  
 'An deaghaidh na spréidh',  
 'Us cluinnidh sinn òrain  
 Bho eòin bheag an t-sléibh,  
 A's binne na téud 's an dùthaich.



O, éirich 'us tiugain,  
 'Us théid sinn do'n bhéinn  
 Ag cluith air an leacainn,  
 Tha gaithean na gréin ;  
 Ni thusa na h-òrain,  
 'S bidh mise ga'n séinn,  
 'S gu'm bi sinn gu h-éutrom sunntach !



## O R A N.

Hì rì gur mì 'tha muldach  
 Leam-fhéin 's an t-seòmar uinneagach,  
 'S mi cuimhneach' air a' bhuidhinn ud  
 'Tha cuideachd anns A' Chàrnaich.

Tha Peigi, Mór, 's Catrìon' ann,  
 Mo mhàthair agus Sìn' ann  
 'S ged tha mo sheanair trì-chasach,  
 Bu bhinn leam fuaim a ghàire.  
 Hì rì, &c.

Gu'm bì Catrìona 'fuaghal,  
 Bho'n chleachd i a bhi uasal ;  
 'S gur h-ioma fear fo ghruaman  
 Nach d'fhuair e 'bhi 'cur fàinn' oir'.  
 Hì rì, &c.

Bidh Mór ag cur ri sguabadh.  
 'S e'n obair 'thug i luaidh dhith ;  
 B'i sid an ulaidh luachmhor  
 Mu'n bhuailidh 'us mu'n àiridh.  
 Hì rì, &c.

Bidh Peigi dhonn nam mòr-shùl  
 Ag cur gach nì 'an òrdugh  
 'S cha'n fhaicear té a's bòidhche  
 'An còmhlán 'am measg Ghàidheal.  
 Hì rì, &c.

Bidh Tèarlach òg 'us leabhar aig',  
 A' sràideamachd feadh thomannan,  
 'Us "Tòiseach" bàn a' donnalaich  
 Le gleadhar aig a shàiltean.

Hì rì, &c.

Mo mhàthair 's i gu h-ìnnleachdach,  
 'Cur dòigh air bòrda *teä* dhaibh,  
 'S an àm 'bhi 'roinn nam mìrean,  
 Cha bu mhisde mì 'bhi làmh rith'.

Hì rì, &c.

---

### MO GHRÀDH GEAL 'S MO RÙN.

FONN :—" *Mali bheag òg.*"

O, 's fhada bhuan a thà thu,  
 Mo ghràdh geal 's mo rùn ;  
 Ged b'è mo mhiann 'bhi làmh riut,  
 'S a ghnàth 'bhi riut dlùth ;  
 Tha'n saoghal dhomh na sgàile,  
 Gun nì ann a nì stàth dhomh,  
 'S nach cluinn mi guth do mhànrain,  
 Mo ghràdh geal 's mo rùn.

O, 's fhada mi bho d'chaoimhneas,  
 Mo ghràdh geal 's mo rùn,  
 Ged b'è mo chulaidh-aoibhneis  
 'Bhi sealltainn air do ghnùis ;  
 Do shùil tha mar an oidhche,  
 'S na réultan innt a' boillsgeadh,  
 'S gur h- éibhinn leam a-soillse,  
 Mo ghràdh geal 's mo rùn.

'S ged 'bhiodh càch 'an diùmb rium,  
 Mo ghràdh geal 's mo rùn,  
 Cha chuireadh sid orm cùram  
 Ach thusa 'bhi rium dlùth.  
 Gu'm beil thu dhomh cho ùror  
 'S, a luaidh, a bhiodh do'n fhùran,

Boinn' iocshlàinteach an driùchda,  
Mo ghràdh geal 's mo rùn.

O, 's binn leam-fhìn do chòmhradh,  
Mo ghràdh geal 's mo rùn,  
'S bu mhìlse leam na'n smèdrach,  
An ceòl bho d'bhilean ciùin.

Gur caoine na na ròsan,  
Leam d' anail 'us do phògan,  
'S gu'm bi mo luaidh ri m' bhed ort  
Mo' ghràdh geal 's mo rùn !



### VERSES FROM 'MY SCRAP-BOOK.

The following fragments appeared in *The Ladies' Own Journal* under the above title.

I GAZE towards the glowing east  
At morning, noon, and eve,  
And quietly my soul doth feast  
On dreams that fancy weave.  
Methinks they whisper o'er the tide,  
"Come, darling, fly to me ;"  
And I could think I'm by thy side,  
So near I seem to thee.

Oh, would that I could fly to thee,  
And nestle in thy breast !  
And well I know that I would be  
To thee a welcome guest.  
Oh, were I there, how greedily  
I'd kiss thy rosy lips !  
As greedy as the hungry bee,  
From flowers their nectar sips.

---

Can an amaranthine flower  
Bloom within an earthly bower ?  
Whilst the past we calmly scan,  
Where the flowers that graced life's morning,  
Seared and scattered, speak in warning,  
Dare we think it ever can !

Let us bind our hearts, my brother,  
Close to Christ and to each other ;

Then we'll hope our love to be  
Fadeless in its fresh young beauty,  
Changeless in its sense of duty,  
A green isle in life's rude sea ;

Where, amidst the ceaseless battle,  
Sabre's flash and cannon's rattle,

Joy may find a keener zest ;  
Where we with a smile, my brother,  
Or a word, can cheer each other,  
Till we reach the goal of rest.

---

I want you, dear ones, I want you ;

My soul is day and night  
Stretching her wings towards you,  
As for her homeward flight.

But the way is dark and eerie  
On which alone I stray,  
The wings all broken and weary,  
And the home far away.

Oh, for one precious golden hour

Beyond yon frowning hill ;  
Fruit from my own sweet woodland bower,  
Drink from its crystal rill !

Where grows no blade nor blossom,  
Low on the earth I lie ;

My wings o'er my bleeding bosom  
I fold, and long to die.

---

Wherefore blame me so for blindly

Nursing that which must decay ?

Wherefore bid me so unkindly

Thus to cast my flower away ?

All the beauteous things I cherish,

All the poetry of earth,

Would with my sweet flow'ret perish,

All the joy and all the worth.

Unto me this plant was given  
 By His hand who all things know ;  
 And it must be meant for Heaven,  
 If on earth it cannot grow.

Suffering ones, who oft in weeping  
 Do their seedlings sow and tend,  
 Still expect a time of reaping,  
 Trusting Him who knows the end.

So I'll keep my precious flower,  
 Tending it with smile and tear,  
 Waiting for the golden hour  
 When its blossoms must appear.

---

When our heart's deep love is slighted  
 By those for whose smiles we languish,  
 When our fondest hopes are blighted,  
 And high swell the waves of anguish,  
 Why should we be found repining  
 Though our souls are deep in sorrow ?  
 Hope's bright star is sweetly shining  
 On the pale brow of the morrow.

Though the dearest ties are broken,  
 Though by all the world forsaken,  
 Though the cruel word is spoken  
 By the lips that joy could waken,  
 Why should we be found repining ?  
 Far above each cloud of sorrow  
 Hope's bright star is sweetly shining  
 On the pale brow of the morrow.

What about life's ceaseless battle ?  
 Let our course be ever onward ;  
 Words of strife like children's prattle  
 Sound, when we look sky-ward, sunward.  
 Still there is a silvery lining  
 To the darkest cloud of sorrow ;  
 Hope's bright star is sweetly shining  
 On the pale brow of to-morrow.

## CUMHA LE LOCHIAL

AN UAIR A CHUNNAIC E A CHÀISTEAL AIR A LOSGADH LEIS NA  
SAIGHDEARAN-DEARGA, “BLIADHNA THÈARLAICH.”

AN éiginn dhòmhsa, Triath nam beann,  
'Bhi'm fhògrach fann air feadh nan stùc,  
'S gu tosdach sealltainn ort 's do cheann,  
A thalla aosda anns an ùir !

Loisg na Dearganaich gu làr  
Gach baideal àrd de'n dachaidh ghaoil,  
'S an tric a fhuair mi fois 'us blàs,  
Air tilleadh dhomh bho àr nan laoch.

'N uair 'thogadh sìth a bratach suas  
'S a bhithinn-sa le m' thuath-cheathairn' fhéin  
Tigh'n'n luchdaichte gu tùr nam buadh  
Bho'n chreachann fhuar 's am biodh na féidh.

Bu phailt am fion 's bhiodh pìob air ghléus,  
'S i caithreamach mu'r n-éuchd 's a' bhlàr ;  
'S trath 'bheireadh seanchaidh greis air sgéul,  
Mu ghnìomhannan nan tréun a bhà.

Bhiodh crìdh' gach cuiridh laist' na 'chóm,  
'S e ann am fonn gu 'bhi 's an àr ;  
Gach Camshronach 's a bhóid gu tróm  
Gu 'ainm 'bhi measg nan sonn 's an dàn.

'N uair thogainn-sa mo shròl a suas  
'S crois-tàraidh le luas na gaoith',  
Ga'n tional gu toiteal nan tuagh,  
'S ann riabh gu buaidh a thriall na laoich.

Bha uamhunn air na Goill romh'n ainm,  
Ged tha 'n diugh pailm Chuil-fhodair ac'.  
'S i'm bàn-fhuil fhéin bhiodh fo na buinn,  
Na'm biodh ar suinn gu léir na'r taic'.

A thaibhse Bhruce dean faire leam,  
'Us sileamaid ar deòir le chéil'

Chuir d'Albainn fhéin an diugh air chùl  
Oighre do chrùn 's mór am béud !

Ceannaire na 'aghaidh cha dian mì,  
'S do choigreach mar rìgh cha lùb ;  
'An aobhar tràcair their iad rium,  
Thug iad bho m' Phrionnsa gaoil a chrùn.

'An Dùitsich no'n Guelphich an d'fhuair  
Tròcair no truacantas tàmh ?—  
Na d'ollainnich fhuiltich bho'n uaigh,  
'Ghlinn-Comhann, luaidh dhuinn sgéul do chràidh.

'Us éireadh sibhs', a laocha mór  
A thuit 'an "Cuil-fhodair" nan créuchd ;  
'Us innsibh 'n uair a laidh sibh leòint',  
Mar rinn an "Cù" ur fèil a réub'.

Bi 'd thosd, mo chrìdh', 'us guir a d'thùrs'  
Cha'n àm gu tuireadh so no tàmh ;  
Mo chreach mo làmh 'bhi'n diugh gun lùs  
Gu dioghladh air son luchd mo ghràidh.

A dhachaidh àigh 'bu làn de ghaol  
Gach broilleach caomh 'ad thaobh a's teach ;  
'S mu'n cuairt do d'theallaich gheabhtheadh faoil',  
Leis an aoihe aimbeartach.

Ged 'bhios mi'm fhògrach thall thair chuan,  
Cha téid á m' chuimhn' na h-uairean òir,  
A chaith mi 'measg do thulman uain',  
O, 'Ach'-na-carraigh, 'm uachdran slòigh.

A nis tha lòchran sèamh na h-oidhch',  
A' boillsgeadh ort, a Ghlinn mo chrìdh' ;  
'S gur h-éiginn triall mu'n toir i soills'  
Do dhaoidhearan a th'air mo thì.

Triallaidh mi gu gleann an fhraoich  
'S am beil Prionns' mo ghaoil a' tàmh ;  
Fo cheangal ciùin a chadail chaoin,  
Ni tamull beag e saor bho chràdh.

## TRANSLATION OF ABOVE.

MUST I the lord of all those hills,  
 A weary, exiled wanderer, roam,  
 And quietly view thy ruined walls,  
 My own, my loved ancestral home.

The red-coats burned thy lofty dome,  
 Home by a thousand ties made dear,  
 How glad from war or chase I've come,  
 In thee my heart to rest and cheer.

When peace did her white banner rear,  
 And loving vassal and his lord  
 Went forth to hunt the roe and deer,  
 And turned to grace the festal board.

The blood-red wine in plenty poured,  
 And pibrochs told of battles won,  
 Whilst "Senachie" would with pride record  
 The mighty deeds our sires had done.

Till martial fire in sire and son  
 Would burst into one glowing flame,  
 Whilst vows were breathed by every one,  
 He'd ne'er disgrace the Cameron name.

When time to raise our banner came,  
 And fiery cross had fleetly sped  
 To call the brave to fields of fame,  
 'Twas aye to victory we led.

The Southron foe our name did dread,  
 Though now Culloden's palm they bear,  
 They in their own pale blood might tread,  
 Had all our gallant clans been there.

Come, shade of Bruce, my vigil share,  
 Come o'er ungrateful Scotland, mourn,  
 She hath disowned thy rightful heir,  
 Indignant fire, my heart doth burn.



To wear a foreign yoke I'd spurn,  
 Nor 'gainst my lawful king rebel,  
 That crown and sceptre's from him torn,  
 For mercy's cause, they're fain to tell.

In Dutch or Guelph doth mercy dwell,  
 Ye gallant heroes of Glencoe,  
 Arise in gory shrouds, and tell  
 Your mournful tale of dool and woe.

And rise, ye brave, whose blood did flow  
 On dark Culloden's dreary moor,  
 And tell how when ye were laid low,  
 That "Butcher's" hand did stab ye o'er.

Oh, hush! my heart, and grieve no more,  
 This is no time to sit and rest,  
 I'll hie me to a foreign shore,  
 And long to get thy wrongs redressed.

Sweet home, within thee every breast  
 Did glow with love and purity,  
 And round thy hearth the stranger guest  
 Met kindest hospitality.

And though I roam beyond the sea,  
 I'll ne'er forget the golden hours  
 When I had ruled—a chieftain free,  
 'Mong Achnacarry's fairy bowers.

'Tis gore bedews the drooping flowers,  
 That now bedecks each dappled dell  
 Around thy ruined ancient towers,  
 Home of my heart, farewell, farewell!

\* \* \* \* \*

Now Luna's lamp lights up the glen,  
 And I must hide from watchful foes,  
 I'll hie to where my prince has lain  
 In "balmy sleep" to drown his woes.

## LONGING.

How long, O Lord ! how long,  
 Must I in patience wait,  
 Among the weary throng,  
 Around Thy golden gate ?

To Kedar's lonely tents  
 No kindred spirits come ;  
 And my poor soul laments  
 Her distance from her home.

On bitter herbs I feed,  
 On Mesech's hated hills ;  
 The pasture green I need  
 By Judah's fragrant rills.

Come in Thine own time, Lord,  
 To set my spirit free ;  
 I lean upon Thy word,  
 And calmly wait for Thee.

—♦—

 LOCHABAR.

FONN :—“ *Tha 'ghaoth nìar cho caithreamach*

O, 's àrd a thà do bheanntaichean,  
 'S gur bòidheach fiamh do ghleanntaichean,  
 'S iad sgeadaichte na'n greannoiread,  
 'Nuair 'thig an Samhradh òirnn.

Gur fraochach, féurach, blàth-mhaiseach,  
 Do thulaichean 'us d'àileinean,  
 'S 'am measg do fhlùrain àireamhear  
 An lili bàn 's an ròs.

'S a' mhadainn mhùich bu chùbhraidh leam  
 Am fàile 'us trom-dhriùchd orra,  
 Gu soilleir, braonach, cùirneineach,  
 Ga'n ùrachadh 's gach pòr.

'S a chluinnteadh an damh cabarrach  
 'S a' chreachann àrd 's a' chamhanaich,  
 'S e reachdorachd 's an langanaich,  
     'S an eilid ghlas na 'chòir.

'S na h-uisèagan 's na smèdraichean,  
 Le'n ribheid fhéin ri canntaireachd,  
 'S lòn-dubh nam pongan seannsaile  
     'Am bàrr nan crann ri ceòl.

Tha abhnaichean de dh-fhìor-uisge  
 Tha soilleir mar an crìostal innt'  
 'S bu mhìlse leam, 'us òtadh orm,  
     Na'm fion a bhi ga 'òl.

Mo chreach Lèchaidh nam bradan,  
 A bhi'n diugh fo chis aig Sasunnaich,  
 O, 's tric a dh'iath sàr-ghaisgich uimp'  
     Le brataichean 's le ceòl.

'S e 'chleachd na h-uaislean Abarach,  
 Le'n tuath-cheathairn' uallaich, astarraich,  
 'Bhi 'siubhal ghleann 'us leacainnean,  
     A' sealg air daimh na cròic'.

'S a' tilleadh leis na ghlacadh iad,  
 Gu lùchairt àrd nam baidealan,  
 Bhiodh pìob a' seinn ard-chaisimeachd,  
     'Us fion na Spàinnt ga 'òl.

Mac Dhònuill-Duibh 's a laochraidh,  
 Na fir uasal, chàirdeil, dhaonnachdail,  
 Làn suairceis, blàis, 'us aoi ghealachd,  
     B'iad gaol nan nìonag òg.

O, 's mairg ri'm biodh am baitealaich,  
 Fo'n éideadh bòidheach, breacanach,  
 'S pìob-mhór nan dlùth-phort tatarrach,  
     Aig fear 'bu ghraide mèir.

Le'n tuaghannan glan, lìomharra,  
 'S le'n clàidhean-mòr nach dìbireadh,  
 Cha d'rugadh nàmh a chiosnaicheadh  
     'S an strìth na fèara mòr.

Ach sgapadh sliochd nan laocha ud,  
 'S na gleanntan àrd 's na h-aonaichean,  
 A chleachd 'bhi làn cruidh-laogh aca,  
 Tha 'nis air caochladh nòis.

Gun duine air na làraichean,  
 Ach Goill 'us caoraich bhàn aca,  
 'S Mac-talla searbh dhe'n clàbairachd,  
 Gur Gàidhlig air 'n romh 'èòl.



### AN NIGHEAN DUBH GHRUAMACH.

Ho ró mo nighean dubh ghruamach,  
 An nighean dubh lachdunn,  
 As an Apainn,  
 B' ait leam fada bhuam thu.  
 Ho ró mo nighean dubh ghruamach.  
 Ho ró, &c.

A nighean dubh chiar,  
 Ged 'chaidh tu'm lìon,  
 Cha b'è mo mhiann do bhuannachd.  
 Ho ró, &c.

A nighean dubh mhaol,  
 Nan casan caol,  
 Gur beag 'tha dh'acigh 's de shnuagh ort.  
 Ho ró, &c.

'S gann do chiabhan,  
 'S stòrach d'fhiaclan,  
 'S mór 'tha 'nial an fhuachd ort.  
 Ho ró, &c.

'S cruaidh na 's éiginn,  
 'S beag mo spéis-sa,  
 Cléir 'bhi 'cur snaim-chruaidh òirn.  
 Ho ró, &c.

B'fhèarr leam màldag  
 Shùnntach, ghàireach  
 'Sheinneadh dàn 'us duan domh.  
 Ho ró, &c.

Té 'bhiodh creagan  
 Ga 'binn-fhreagairt,  
 'N àm eadradh na buaile.  
 Ho ró, &c.

Gu'm b' e'n sòlas  
 'Bhi ga 'pògadh,  
 Ann an seòmar uaigneach.  
 Ho ró, &c.

Ged 's e 's dàn domh,  
 'Bhi 'cur fàinn' ort,  
 'S cràiteach leam 'bhi luaidh air.  
 Ho ró, &c.

'S le cion àbhachd,  
 No cùis'-gàire,  
 Càirear anns an uaigh mi.  
 Ho ró, &c.



## O R A N

DO DHUIN'-UASAL A BHA 'DOL A PHÒSADH TE NACH  
 ROBH TAITNEACH LE 'CHÀIRDEAN.

FONN :—“*Seann Triubhas Uilleachain.*”


Tha sgéula anns an tìr so,  
 'S a rìgh, tha mi muladach,  
 Bho'n chuala mi gur fìor e,  
 'S gur lìonmhor leis an duilich e.  
 'S air leam gu'm beil thu gòrach,  
 Ma phòsas tu a' chruinneag so.  
 'S ma's airgiod 'tha thu'n tòir air,  
 'S e stòras do dhunach e.  
 O, 's ioma òg-bhean chuimir bhòidheach,  
 Nuas bho d'òige chunnaic thu ;  
 'S b'onoir mhòr leo fàinne-pòsaidh  
 Air am mèir gu'n cuireadh tu,  
 'S a Dhunnachaidh, tha'n tubaist ort,  
 Gu'n deachaidh bùrn nan uibhean ort.

Ma thréig thu gu buileach iad,  
 Gu spéis 'thoirt do'n chruinneig so,  
     Cha'n 'eil i idir bòidheach,  
 'Us tha i gann de dh-fhòghlum,  
 'Us cha'n 'eil aon ni còrr aic'.  
 De dh-eòlas no 'bhunailtas.  
 Cha'n 'eil air a buailidh,  
 Crodh druimionn no crodh guailionn,  
 'S cha'n 'eil i de shliochd uaislean—  
 'S 'dé 'bhuaidh oirre chunnaic thu?  
     Tha sgéula anns, &c.

Gur mór a tha de ghruaman  
 Air uaislean 's air cumanta ;  
 'Am follais 'us 'an uaigneas,  
 Tha'n sluagh uile bruidhinn ort,  
 Thu 'chromadh sìos cho fuath'sach,  
 A thogail nì cho suarach,  
 'S gur h-iomadaidh bean-uasal  
 A bheireadh luaidh le furan dhut.  
     Tha tàmailt na dunach  
 Air do chàirdean bu duineile,  
 'S do nàimhdean 'g iarraidh fàth  
 Air 'bhi 'gàireachdaich umadsa.  
 Mu'm faca tu'n cailin ud,  
 O, 's oil leam nach do thachair e,  
 Thu sheòladh do dh-Australia,  
 Ged 'b'fhad thu gun tilleadh as.  
     Tha sgéula anns, &c.

'Fhir mhóir a' bhroillich àluinn,  
 Air sràid gur h-e'n cuiridh thu ;  
 'S bho'n 's tù mo charaid' bàigheil,  
 'S e 's dàn domh 'bhi duineil riut ;  
 'S na'm faicinn air do shealbh te  
 'N uair rachadh i 'ad charbad,  
 Gu'm biodh tu 'd chulaidh-fharmaid,  
 Gu dearbh bhithinn sulasach.  
     Na' n taobhadh tu ri guamaig  
 Le meas, 'us maise, 's uaisle,  
 Ri faicinn a do ghualainn,

'Bhiodh uail òirnn 'us suigeartachd ;  
 'S gu'n dianainn-sa gu h-éibhinn,  
 A' chlàrsach so a ghléusadh,  
 'An àit 'bhi 'seinn gu déurach  
 Ri séisd Briogais Uilleachain.



## GEARAN AN ANMA.

Gur h-e dh'fhàg an diugh fo chràdh mi,  
 Miad a' pheacaidh tha na m' nàdur,  
 'S ged is mór a tha mo ghràin deth  
 Bheir e 'ghnàth dhìom cùis a dh-aindeoin.

Bha mi uair gu h-ùror bòidheach,  
 'Fàs a suas 'am measg nan ògan,  
 Meas 'as blàth orm mar chòmhlà,  
 'S eòin gu ceòlmhor ann am mheangain.

Tha mi'n diugh 'am chrìonaich shuaraich,  
 Mi gun mheas, gun duilleach uaine,  
 Mi gun sùgh, gun rùsg, gun smuaise,  
 Craobh gun snuagh mi 'measg nan cranna.

Salunn mi a chaill a shàillteachd  
 Lili 'shaltradh anns a' chlàbar  
 Cìod an t-aon nì a nì stàth dhomh,  
 'S mór an cràdh a tha air m' anam.

*Réusan a' freagairt.*

Cha'n 'eil nì ann a nì stàth dhut,  
 Cha'n 'eil 'feitheamh ach am bàs ort,  
 Flùran briste cha ghabh slànach',  
 'S cha ghabh sàillteachd cur 's an t-salunn.

Cìod an t-aon nì 'chuireadh snuagh  
 Air craoibh gun rùsg, gun sùgh gun smuaise,  
 Gearrar gu làr leis an tuaigh i,  
 'S tuitidh i gun truas gu talamh.

'S ged a thà thu tùrsach, déurach,  
 'S beag a nì do dhèir de dh-fhéum dhut ;

Ged bu tróm 'shil sùilean Esau,  
Cha robh éibheachd dha 'bhi aithreach.

*Creideamh a' labhairt.*

'Anma bhoichd, ged 'thà thu truagh dheth,  
Bho'n thàinig Geamhradh na gruaim' ort;  
Eiridh fhathast grian nam buadh ort,  
'S thig ort driùchd a nuas bho Fhlaitheas.

'S bidh tu rithist ùror bòidheach,  
'S culaidh ort de dhuilleach snòdhor;  
'S cluinnear guthan binn an t-Samhraidh  
Aotrom ceòlmhor ann ad mheangain.

'S math an companach thu, 'réusain,  
Ach 's tric a bhitheadh tu 's an éucoir,  
Mur dianainn-sa dhut iùl 'us léirsinn,  
'S nach leiginn do chéum 'am mearachd.

Ach 'n uair 'bhios as-creideamh còmhl' riut,  
'S coltach leam ri luing 'an ceò sibh,  
Gun chairt-iùil, gun stiùir, gun lèchran,  
Gun fhear eòlach a ni'n rathad.

Chunnaic mis' thu'n gleann-nan-cnàmhan,  
'Dùsgadh teagainh anns an fhàidhe,  
'N uair a shéideadh gaoth nan gràsan,  
'S ann 'chaidh tù le d'nàire 'm falach.


'S thuirt thu ris a' bhuidhinn dhéuraich,  
A lean Iosa 'chaidh a chéusadh,  
Nach dianadh e tuille éirigh,  
'S nach biodh éibheachd dhuibh na 'bheannachd.

Dh'éigh Iehóbha bho na h-àrdaibh,  
'S mar thog Samson geatan Ghàsa,  
Thog es' geataichean a' bhàis leis,  
'S bha Hosanna 'n cùirt nan aingeal.

'S ioma maide 'bh'aig an diabhl,  
'Us a cheann na 'chaoir 's a' ghriosaich,  
'Chaidh gu gaisgeil bhuaith' a spionadh,  
A chur 's an fhìonan 's tus' a'fanaid.



'S iad an diugh na'n ùr-chroinn àluinn,  
 Air bruachan na h-aibhne 'm Pàras,  
 'S ainglean ri h-auibhneas mu'n àilleachd  
 A chuir gràsan air gach faillein.



## MARBHRANN.

DO THÈARLACH STIUBHART CAMSHRON.

*(Mo bhràthair a b'òige.)*

'S BEAG iognadh ged dhòirteadh mo dheòir-sa gu dlùth,  
 'S mo bhràthair òg gràdhach ga 'chàradh 's an ùir,  
 Anns an fhuar leaba bhuaibh as nach gluais e 's nach dùisg  
 Gu Là-Luain 'n uair a luaisgear an saoghal.

Gu Là-Luain, &amp;c.

Leigheas air mo leòn cha dian eòlas an léigh,  
 'Fhir nam blàth-shùilean mòr 'bheireadh sòlas do m'chrìdh',  
 Cha dùisgear le ceòl thu 's do phòg cha'n fhaigh mì,  
 'S trom do shuain stigh fo dhuathar nan craobha.

'S trom do, &amp;c.

'S cha'n iognadh, a Thèarlaich, do d'mhàthair 'bhi 'tùrs',  
 'S trom aobhar a cràidh 'us do thàmh-s' anns an ùir,  
 Far nach cluinn i guth mànrain bho d'bhlàth bhilean ciùin;  
 'S fiuch a gruaidh bho'n Diluain 'rinn thu caochladh.

'S fiuch a gruaidh, &amp;c.

Oig ùir bha thu fòghluim' thair mòran de chàch,  
 Air cruaidh cheistean domhain bha d'eòlas ro àrd,  
 Bho d'òig', ann an gliocas, 's an tuigs' thug thu bàrr;  
 'S gu'n robh suairceas 'us uaisle 'cur aoigh' ort.

'S gu'n robh, &amp;c.

B'e do mhiann air gach àm 'bhi ri rannsachadh géur  
 Air nàdur gach blàth 'bhios a' fàs anns an fhéur;  
 Air gach àile 's an iarmailt, 's gach miar de'n rian-ghréin;  
 Och, bu luath 'ruith do chuairt anns an t-saoghal.

Och, bu luath, &amp;c.

'S 'n uair a dhianainn-sa duan cha bu duais leam an t-òr,  
 Làimh ri thus' 'bhi ga 'séinn 's tu 'bhi éibhneach 'am cheòl;

Crocham clàrsach nan téud nis air géugan a' bhròin,  
 'S gun thu, 'luaidh, ann gu cluas thoirt do m' shaothair.  
 'S gun thu, 'luaidh, &c.

Shearg ùr-ròs ar gàraidh—laidh sgàil air ar grian,  
 Tobar-sòlais ar fàrdaich air tràghadh gun diar—  
 Tobar-gaoil a bha làn, 's b'e 'bhi pàirteach a mhiann,  
 'S e mo chruadal cho luath 's 'chaidh a thaomadh.  
 'S e mo chruadal, &c.

Nis ged bhrùchdas na fùrain romh ghrùnnd anns a'  
 Mhàigh,  
 'Us na h-eòin a' séinn ciùil air gach dlùth mheangan àrd,  
 Ar sòlas cha dùisg iad—'s neo-shùnntach ar càil,  
 'S tusa bhuainn an diugh, 'luaidh de na daoine.  
 'S tusa bhuainn, &c.

Ach ge mòr sinn ga d'chaidh, och, cha'n fhaod sinn 'bhi'n  
 gruaim,  
 Bho'n 's i toil an Athar naoimh rinn, a ghaoil, do thoirt  
 bhuainn,  
 'S sinn 'an dùil gu'm beil thù 's an Ierùsaleim nuaidh,  
 Trid na buaidh' tha'm fuil luachmhor 'n Fhir-shaoraidh.  
 Trid na buaidh', &c.

Soiridh leat, ma tà, 's ged, a ghràidh nach tig thù,  
 Coinnichidh sinn gun dàil ann an àros na mùirn',  
 Far bheil craobh-na-beatha 'fàs 's nach tig bàs òirnne  
 dlùth,  
 Soiridh bhuan gus an uair sin, a ghaoil, leat.  
 Soiridh bhuan, &c.



## ON DREAMING OF A YOUNG BROTHER WHO HAD DIED SHORTLY BEFORE.

AND is this but a dream, my best?  
 And art thou not to stay with me?  
 And thou in smiling beauty dressed,  
 As thou wert always wont to be.

A clustering mass of golden brown  
 Falls o'er thy forehead high and fair ;  
 A halo bright—a nobler crown—  
 Is shining on thy beauteous hair.

Serenity sits on thy brow,  
 And truth beams in thy clear glad eye ;  
 All traits that nobleness avow  
 Do in each speaking feature vie.

Thirsting for wisdom's every rill  
 Long ere the down was on thy cheeks,  
 Thou fain would'st climb the towering hill  
 Where knowledge to her votaries speaks.

The mount was steep, and eager thou ;  
 The labour wasted thy sweet breath.  
 Bright-gifted youth, alas ! that thou  
 Art laid so low to sleep in death !

'Midst joys no earthly tongue can count,  
 A citizen thou art enrolled,  
 Where wisdom thou drink'st at the fount,  
 And knowledge all her gems unfold.

No prison-house of fragile clay  
 Now breaks the pinions of thy soul ;  
 No trammelling to clog the way,  
 Or keep thee from thy glorious goal !

Then, Charlie, brother dearest, best !  
 I would not have thee stay with me ;  
 Hie, hie, then to thy glorious rest,  
 And I will seek to follow thee !



### THE PEASANT GIRL TO THE LADY.

WITHIN yon old baronial hall,  
 Rich mantled o'er by ivy green,  
 Methinks I see thee sit, in state,  
 Fair lady, in thy silken sheen.

The costly diamonds in thine hair  
 Are gleaming in each golden braid,  
 Thy form so stately, gayly draped  
 With costly velvet and brocade ;

Whilst I alone upon the hill  
 The wild rose in my hair do twine ;  
 I fain would ask thee, lady fair,  
 Hast thou a nobler soul than mine ?  
 I love my God, I love my queen,  
 My friend, my country, all my race ;  
 I fear for nought, I've stood serene  
 When death had met me face to face.

I'd on my foe no vengeance wreak,  
 I'd scorn an action that was mean,  
 I would not tread upon a worm,  
 Nor would I cringe before a queen.  
 No gold have I, no costly gems,  
 No servile host my smile to woo,  
 My riches are the wealth of love  
 I daily get from not a few.

Away in yonder old grey church,  
 As we one day sat side by side,  
 I thought about the social gulf  
 That widely did us twain divide.  
 And yet the gulf yawns not so wide,  
 But fools may bridge it with their gold ;  
 How oft to an aspiring " Jeames "  
 Has Lady " Angeline " been sold.

But if beneath thy costly robe  
 Thy heart beats true, with kindness fraught,  
 If innate greatness fills thy soul  
 With high resolve and lofty thought,  
 Then, standing on the ground of mind,  
 The gulf is spanned 'twixt thee and me ;  
 In heart and soul the peasant girl  
 Dares to claim sisterhood with thee.

## LUIÑNEAG.

A RINN MI UAIR A FHUAIR MI DEOCH DE DHROCH UISGE  
'AN HANÒBHER.

FONN :—*O hi-rì, ho raill ó,  
Raill ó, ho raill ó;  
O hi-rì, ho raill ó,  
Mo chridhe trom, 's cha neònach.*

'S e 'chuir mis' a dhianamh duain  
'Mhiad 's a chuireadh orm de ghruaim,  
Leis an deoch de uisge ruadh  
A fhuair mi 'an Hanòbhar.

O hi-rì, &c.

'S ainneamh 'chaochail sruth os cionn  
A' chlàbair a bha ann an grùnnd  
Na h-aibhne a bha 'ruith gun sunnt  
Le bùrn nach tugadh sòlas.

O hi-rì, &c.

Coma leam an t-uisge glas,  
Coma leam a dhreach 's a bhlas,  
'S mór gu'm b'fhèarr na feadain bhras  
A thig bho chais' nam mòr-bheann!

O hi-rì, &c.

Cha robh fionnarachd ann riabh  
Mar 'bha'n sruthanan nan sliabh,  
'Chuireadh fallaineachd 'an cliabh  
Gach ìotmhor a ni òl asd'.

O hi-rì, &c.

'S i mo rùn-sa Tir-nam-beann—  
Abhainn fhìor-uisg' anns gach gleann;  
Torman bìnn aig mìle allt,  
'S iad mar bhean-bainns' 'n òrdugh!

O hi-rì, &c.

Còmhdach mìn-fhedir air gach brùach,  
Laist' le ròsan 's bòidheche snuagh;  
'S gur h-ìocshlainteach a sruthain fhuar,  
Nach cruadhaich a' ghaoth-redite.

O hi-rì, &c.

A thir an fhìor-uisg', 'thir mo chrìdh',  
 'S beag an t-ioghnadh ged a bhìodh  
 An ròs 's an lili ag cur strìth  
 'An gruaidhean mine d'òigridh !  
 O hi-rì, &c.

'S neartmhor d'osag leam, 's gur h-ùr  
 Ag éirigh luchdaichte le tùis,  
 'N uair 'tha 'ghrian ag òl an driùchd  
 Bho d'thrusgan flùrach, bòidheach.  
 O hi-rì, &c.

Cha b'ioghnadh Deòrsa 'bhi 'an diumb  
 Ris an Òg d'an d'thug thu rùn ;  
 Bu tu'n neamhnaid ann a chrùn,  
 A's cha b'i dùthaich 'òige.  
 O hi-rì, &c.

'S ged tha mis' an so air chuairt,  
 Tha '*Gleann-Comhann*' éutrom luath ;  
 'S 'n uair a théid a siùil a suas,  
 'S ann tuath a ni i seòladh.  
 O hi-rì, &c.

'S 'n uair 'ruigeas mi tìr an àigh,  
 Tìr mo dhàimh 'us luchd mo ghràidh,  
 Nàile, théid mi-fhìn gun dàil,  
 A dh'òl mo shàth á Lèchaidh.  
 O hi-rì, &c.

HARBURG, HANÒBHER,  
*Meadhon an Fhoghair, 1866.*



### A FRAGMENT.

WE meet with thousands in the world  
 Whose friendship we would never woo,  
 Whose sympathy we could not brook,  
 Their pity would but gall imbue.  
 Sometimes we meet with those to whom  
 Mysterious cords our spirits bind ;  
 Friendship or love comes at the call  
 Of that sweet something undefined.

One look in which the souls have met  
 Can make a stranger's image prove  
 A changeless bliss within our breasts,  
 Embalmed in its own silent love.  
 A voice wakes in our hearts a chord  
 We ne'er again can hush to rest ;  
 Its music like some mystic psalm  
 Comes whispering o'er life's cheerless waste.



## A CHRISTMAS SONG.

COLD winter from his icy throne was banished,  
 And spring's pale beauties came in joy to reign ;  
 The summer roses sweetly bloomed, then vanished,  
 And winter sways his blighting power again.

Another page of life's brief record written,  
 The same old mingling of our smiles and tears ;  
 Of joys by sorrows from their bowers beaten,  
 Of love and gladness chased by cares and fears.

The bridal pomp forgotten on the morrow  
 Amidst the sable pageantry of woe ;  
 Next day love's kisses on the cheek of sorrow  
 Making joy's embers into brightness glow.

Change is the law by nature's changeless order,  
 But sin is not ; and, in the race we've run,  
 We've filled the pages of the stern Recorder  
 With wrong things cherished, duties left undone.

We've joyed to sit in judgment on another,  
 And cast our stones in Pharisaic pride ;  
 Forgetting, in our zeal to slay a brother,  
 Our own Cain hearts with lusts uncrucified.

Our sword and shield laid down, at honour's peril,  
 To some vain idol, lightly to carouse ;  
 Or lost, through listlessness, the victor's laurel  
 That angel hands held ready for our brows.

Some trodden gem lay at our feet unheeded.  
 Whilst, in our blindness, we have cherished stones;  
 We freely poured our balm where 'twas not needed,  
 Deaf to the wounded's bitter cries and moans;

Crushed tender buds that fain would bloom for heaven,  
 Struggling for life among the thorny sod;  
 Hushed the faint notes to some frail wanderer given,  
 To pour his pæan on the ear of God.

On Cæsar's shrine we've laid our temple shekel;  
 Faith's wings are trailing, and our aims are low;  
 A mystic finger on each act writes "Tekel,"  
 And motives blackened what we deemed like snow.

Ah! what a retrospect!—ah! what a reck'ning!  
 With feet unwashed, soiled robes, and broken palms,  
 Whilst crownèd saints our souls are daily beckoning  
 To where they sing their hallelujah psalms.

O Thou whose majesty and holy grandeur  
 Made even the smallest of Thy deeds sublime,  
 Who walked the earth in truth's unborrowed splendour,  
 Our great Example to the end of time.

Ashamed we cower 'neath Thy robe of whiteness,  
 Praying each passing year us all to find  
 Nearer the image of Thy glorious brightness,  
 In sinless lives and loftiness of mind.



#### VERSES FROM MY SCRAP-BOOK.

WHEN the aching soul is holden  
 In the darkness that enshrouds,  
 Not a gleam of sunshine golden—  
 Not a rainbow in the clouds.  
 Oh, the anguish! oh, the sorrow,  
 Of the burden borne alone,  
 Of the grief for which no morrow  
 Gives a promise to atone!



When we can our wounds discover,  
 All our heart-aches and our pain,  
 Unto friend or unto lover,  
 'Tis like sunshine 'midst the rain.  
 And the words so kindly spoken,  
 And the warmly beaming eye,  
 Turn our sorrow to a token  
 Of a love that cannot die.

'Tis the sigh that comes unbidden  
 From the soul by anguish torn ;  
 'Tis the grief that's deeply hidden,  
 When the mask of smiles is worn ;  
 'Tis the silent pain that shatters,  
 When the soul must make each flower  
 That upon the grave she scatters  
 Seem to grace a festal bower.



## A RESPONSE TO THE FAREWELL TO EDINBURGH

OF MRS. HARRIET MILLER DAVIDSON.

FARE-THEE-WEEL, my songbird,  
 My blessing gang wi' thee,  
 Gentle be the breezes  
 That waft thee ower the sea.

'Mang a' so fair and lovely  
 Thou sweetly sang as mine,  
 Nought had a grace or beauty  
 That brighter shone than thine.

I've watched thee in thy childhood,  
 So fu' o' life and glee,  
 A bonnie bud o' promise  
 On a grand old forest tree.

Thy beauty brought a gladness,  
 A freshness day by day,

Like the first rose that blossoms  
On the bosom o' the May.

A freshness aye that made me think  
O' sunshine and o' flowers,  
O' warbling birds and gushing streams,  
And fragrant summer bowers.

Thine eye so kindly beaming  
Gave a more beauteous licht  
Than ony star that sparkles  
In the jewelled croon o' nicht.

And when a thochtfu' matron,  
Wi' thy bairnies in thine arms,  
A softer flood o' sunlicht  
Was haloing thy charms.

A child in sweet simplicity,  
A maiden's witchin' wiles,  
A woman's noble tenderness,  
An angel's loving smiles.

Return again, my songbird,  
And warble fu' o' glee,  
Come, gladden my auld heart again,  
Lang, lang, afore ye dee.

Tho' thou mayst spend in exile  
Thy glorious harvest time,  
Oh, come and pass thy winter  
In thine own native clime.

And tho' youth's passion may be chill,  
Thoul't get a welcome hame ;  
I'll weave a bonnie chaplet  
To croon my child of fame.

And I will keep a quiet nook  
Within my auld grey breast,  
Where thou, my ain dear bairn, mayst sleep,  
And nought disturb thy rest.

## THE LONE MAIDEN.

 'S do dheud mar an *ibhri*, mo nighneag gheal òg.

Gur mor 'tha ri leughadh 's an eudann a's ailt,  
 Thu tuigseach 'n ad chomhradh, gun mhor-chuis gun  
 straic,

Tha buaidhean ri innseadh le firinn gu leoir  
 'Rinn reul a measg mhiltean de m'nighneig ghil òig.

'S i'n ur-shlat 's a' choill thu, mo mhaighdean deas donn,  
 Gun choire ri luaidh ort o d'chuailean gu d'bhonn,  
 Mar ubhal tha d'anail, blas meal' air do phoig,  
 'S do bhriathran lan millseachd, mo nighneag gheal òg.

Mar anail nan ainglean 's na speuran a' snamh,  
 Bidh neoil gheal an t-Samhraidh mu'n ghrein anns an aird,  
 'S e sud an t-aon choimeas a bheir mi le deoin  
 Do d'bhraighe caoin min-sa, mo nighneag gheal og.

'S tu'n euchdag dheas, donn, thogadh fonn air mo chridh',  
 Le misneach do naduir, 's do mhànранаich bhinn,  
 'S 'n uair dhuisgte *piana* gu h-ard le d'chaol mheoir,  
 Bhiodh m'acain air di-chuimhn', mo nighneag gheal og.

Gur buidhe g'ad leannan O ainnir nam buadh !  
 Gur boidheach do mhala, seimh banail gun ghruaim,  
 Gur iomadh duin'-uasal gu d'bhuannachd tha'n toir,  
 'S gur lion tha 'cur pris air mo nìghneig ghil òig.

Gur buidhe g'ad leannan, o ainnir an aigh,  
 'N uair gheabh e gu déonach uat coir air do laimh ;  
 Gur fhearr dha le cinnt na ged sgriobhte' dha or  
 'Bhi 'g eisdeachd do bhriodail, mo nìghneag gheal og.

Gur binne na eoin leam 'an doire nan cuach,  
 Fonn oran o d'bhilean mar shirisd nam bruach,  
 'S do cheum tha cho eutrom air reidhlean an fheoir  
 Ri eilid na frithe, mo nìghneag gheal og.

O ciamar a chuirinn do mhaise 'an ceill,  
 No buaidhean do nàduir ged 's ard dut mo speis ?  
 Cha ruig air do sgiamh mi le briathran mo bheoil,  
 'S cha'n urrainn dhomh sgriobhadh, mo nìghneag gheal og.

Mo shoiridh 's mo bheannachd dhut, 'ainnir nam beus,  
 Am meangan a's cubhraidh tha'n dlu choill' nan geug ;  
 Ge b'e co ni do bhuaibh gheabh e duais a bhios mor—  
 'S tu'm beairteas 's an òcshlaint, mo nìghneag gheal òg.



### ALONE—IN THE TWILIGHT.

ALONE—and yet I'm not alone—

My loved and lost are in the room,  
 They gather round me one by one,  
 Amidst the silence and the gloom.

Methinks they are so near me now,  
 They twine their fingers in my hair ;  
 Their kisses are on lip and brow,  
 They charm away each pain and care.

And yet, ah ! yet, those shadows dear,  
 That haunt me in the twilight grey,  
 And whisper softly in mine ear,  
 Do only come, then haste away.

No hand to touch, no kindly eye  
To flash its gladness into mine,  
With mystic might, that bringeth nigh  
A joy akin to the Divine.

That thrilling touch of loving hands,  
That none but kindred hearts can feel ;  
That glance that knits our spirit bands  
In stronger bonds than chains of steel.

Oh ! eye that tells of love and hate,  
Whence bringest thou thine awful power,  
To seal a breaking spirit's fate,  
Or with such gladness to endower ?

From thee how strangely doth the soul  
Look forth her passion and her pain ;  
O'er thee the thunder cloud can roll  
With lightning flash and stormy rain.

And even in my solitude,  
Across the waste of years there streams  
The light that in its loving mood  
Shone from one eye in sunny beams.

And voices that with magic spell  
Come from afar with silvery chime,  
Peal forth my sorrow's passing knell,  
And lead me fairer heights to climb.

There's music round me in my room  
That hath my spirit deeply stirred ;  
Amidst the silence and the gloom  
Sweet vesper songs I've faintly heard.

And though I named my passing pain,  
The darkness of a starless cloud  
The silvery moon shines forth again,  
And opal shadows round me crowd.

And I will hush this yearning moan,  
And quench my spirit's wild unrest.  
Alone—I cannot be alone,  
When with such radiant visions blest.

## SONNET TO A DEVOTED LADY.

LIKE a fair lily that in secret blooms  
 And gives to heaven its beauty's precious dower,  
 Like a sweet-scented violet that perfumes  
 Some peaceful, lone and unfrequented bower,  
 Mild as the moonbeam on the dewy flower  
 That sheds unseen its pure and silvery ray,  
 Calm as the day-dream of a golden hour,  
 Soft as the dawning of a young spring day,  
 Thy path lies far from the cold worldling's way.  
 The gentle voice that whispers ne'er in vain,  
 The hand that heals the wound and soothes the pain—  
 These are thy weapons in the world's affray ;  
 Be thy reward, then, from the lips Divine,  
 "Thou what thou couldst has done for Me and Mine."

---

 TO MY MUSE,

ON BEING FORBIDDEN BY MY DOCTOR TO WRITE.

I MAY not woo thy smile, they say,  
 My sweet and pleasant friend ;  
 Yet thou to life, my tuneful fay,  
 Could sweet enchantment lend.  
 And though I at the stern command  
 Must part from thee awhile,  
 In love I bow and kiss thy hand,  
 And beg thee yet to smile.  
 Come yet again on angel wings,  
 And wake the silent lyre ;  
 Thy touch upon the silver strings  
 Can set my soul on fire.  
 Again the voices, old and dear,  
 Will whisper in my brain,  
 And on the desert wild and drear,  
 Will roses bloom again.  
 Come midst thy darkness with a ray  
 Of fair celestial light,



Give joy and gladness in the day,  
 And songs give in the night.  
 Come with a sad and solemn psalm,  
 Or thrilling songs of joy,  
 Thou comest always with the balm  
 And bliss that cannot cloy.

A prisoner alone am I,  
 Who fain would break the bars,  
 With thee in glorious liberty  
 To soar up to the stars ;  
 With thee to climb each blessed height  
 For which mine eyes I strain,  
 And linked with thee I'd bravely fight  
 Life's battles o'er again.

And when thy Promethean spark  
 May on mine altar burn,  
 I, like a liberated lark,  
 Will sing thy glad return.  
 Again the voices, old and dear,  
 Will banish care and pain,  
 And on the desert, wild and drear,  
 Will roses bloom again.



## WASTED AFFECTION.

“Affection never was wasted :  
 If it enrich not the heart of another, its waters, returning  
 to their springs like the rain, shall fill them full of refreshment.”  
 LONGFELLOW.

“AFFECTION never was wasted,”  
 I've read in a poet's hymn,  
 But they who the bitterness tasted  
 Say that's but a poet's dream.

Affection is wasted often,  
 And though its streams may return,  
 They may come as waters to soften,  
 Or lava to blast and burn.

And how can a flowret blossom,  
 Or summer herbage grow,  
 In the land o'er whose arid bosom  
 The molten streamlets flow ?

“ Affection never was wasted :”  
 Alas ! and would it were not !  
 Then woman on sweets would be feasted  
 In palace, and hall, and cot.

Souls cradled by wrong into malice  
 Would glow with love Divine,  
 And many a water-filled chalice  
 Would overflow with wine.

How many a lovely blossom  
 Has wasted its fragrant breath,  
 To sweeten the careless bosom  
 On which it drooped in death !

When it lay broken and shattered,  
 By the way-side left to die,  
 Its beautiful leaves all scattered  
 As the winds blew wild and high,

Not a breath of its once sweet perfume  
 Could wake it to life again,  
 Nor will aught to the aching heart come  
 Of its wasted love but pain.



#### WASTED AFFECTION.

OH thou who with bosom aching,  
 Thy wounds all bleeding and sore,  
 Thy kind heart nigh unto breaking  
 With the anguish at its core ;

Thou thinkest affection wasted  
 Can never return to thee,  
 Unless that thy soul is feasted,  
 As thou wouldst have it be.

But time with its gentle healing  
 Will come to thy soul with balm ;  
 The end of thy grief revealing,  
 And teaching a loftier psalm.

Thou wilt learn that to sow in sorrow  
 Is in joy to reap the grain ;  
 And the plough that makes the furrow  
 In the heart is always pain.

Oh, bitter the night of weeping  
 When the cup of grief runs o'er,  
 Till we envy those that are sleeping  
 By the dark eternal shore.

But when the fair sun is beaming  
 At morn on our fallen tears,  
 The bright rainbow in them gleaming  
 Will make glad the coming years.

The flower may be sometimes shattered,  
 By the wayside left to die,  
 And its leaves may be loosely scattered  
 When the winds blow wild and high.

Yet these messengers rude may bear it  
 To a garden rich and rare,  
 Away from the hands that would tear it,  
 To a keeper of gentlest care ;

Away to a garden vernal  
 With its fresh and pearly dew,  
 Where the sunshine that's eternal  
 Makes its beauty ever new.

The heart—'tis the voice of nature—  
 Would be clasped to a kindred heart ;  
 The eye would feast on each feature  
 That can joy and love impart.

But alas ! when a word is spoken  
 That shatters the soul's deep faith,  
 We must drink from a cistern broken  
 The waters that taste like death.

Then we think our affection wasted,  
 When stricken with sorest pain,  
 And 'tis hard when the bitter is tasted  
 To know that our loss is gain.



### ORAN GAOIL.

'S TU òigh nam mòr-shul,  
 'S tu reul nam ban-oga,  
 'S e séughead do bhoichead,  
 Tha 'leonadh mo chléibh,  
 'S cha bhi mi dheth fallain,  
 Le h-or no le h-earras,  
 Mur leamsa do ghealladh,  
 Air d'fhaighinn dhomh-fhein.

Suil lionta ghlan shocuir,  
 Tha 'g innseadh gu toirteil,  
 Mu'n chridhe neo-lochdach,  
 Tha'm broilleach nan seud,  
 Na'n laist' i le gaol dhomh,  
 Gur mise 'bhiodh aobhach,  
 'S cha bhiodh leam 's an t-saoghal,  
 Ach foineis gun fhéum.

Gur bòidheach do chuaillein,  
 Gur dathte do ghruaidhean,  
 Gur lionmhor do bhuanhan,  
 A chuachag, nam beus,  
 Gur binne na'n smeorach,  
 Do chaol ghuth ri h-òran,  
 'S gur caoin' thu na'n ròs,  
 Anns 'an ògmhios air ghéig.

Gur rìomhach a' mhàldag thu,  
 Siobhalt neo-dhàna,  
 'S e grinneas do nàduir,  
 A thàlaidh mi-fhéin,



'S e m'aighear 's mo luaidh thu,  
 Mo chonas, 's mo shuaimhneas,  
 'S mur dean mi do bhuannachd,  
 'S mi 's truaighe fo'n ghréin.

O's trom mi fo airsneal,  
 Gun aon ni na 'thlachd dhomh,  
 'S mo chridhe lan acrais,  
 Is tart air do dheigh ;  
 'S na'm faighinn air laimh thu,  
 Le deagh-ghean do chairdean,  
 Mo mhisneach bhiodh ard,  
 Is mo nadur bhiodh treun.

Gu'n gleidh mi thu riomhach,  
 Le guntaichean sioda,  
 Is seudan nan Innsean,  
 Bidh cinnteach dhut reidh ;  
 O'n bheinn bheir mi fiadhach,  
 'S o'n abhainn an t-iasg dhut,  
 'S cha'n iarr mi de mhiann,  
 Ach bhi 'riarach do speis.

O thig mata, 'chuachag,  
 'S le cagar 's an uaigneas,  
 Do m'chridhe thoir suaimhneas,  
 Neo 's buan bhios mo chreuchd ;  
 Ma 's mise do leannan,  
 Na gleidh mi fo smalan,  
 'S gur fhearr leam do ghealladh,  
 No fearrann is spreidh.

Do shuil tha mar dhaoimean,  
 No reul bheul na h-oidhche,  
 O tionndaidh le caoimhneas,  
 'Us soills' air mo cheum ;  
 'S gu'n teid le a solus,  
 Gu euchd is gu sonas,  
 Is m'éibhneas do m'bhroilleach,  
 Mar shnothach do'n ghéig.

## MO RUN AN T-OIGFHEAR.

FONN :—“*Ho ró, mo ní'an donn bhòidheach.*”

Ho ro mo rùn an t-oigfhear,  
 Hì rì mo rùn an t-oigfhear,  
 Fear ur an leadain bhoidhich,  
 Do 'm mor thug mi dh'ùigh.

O's mise tha gu truagh dheth,  
 'S an gaol 'an deigh mo bhuaireadh,  
 'S an t-og dh'an tug mi luaidh,  
 Ann 'am fuath rium 's an diom.

Ho ro, &c.

O's muladach mar tha mi,  
 'S nach feudar leam a raitinn,  
 Ged tha mo chridhe 'sgaineadh,  
 'S mi craiteach lan turs'.

Ho ro, &c.

O ciamar chi mi, 'luaidh thu,  
 'S te eile ri do ghuallainn,  
 'S mo chridhe-sa cho fuaight' riut,  
 'S nach buan mi gun thu.

Ho ro, &c.

'N uair rinn thu la na faighreach,  
 Dol seachad orm gun m'fhaighneachd,  
 'S te eile ann 'ad chaoimhneas,  
 Chaidh m'aoibhneas gu tùrs.

Ho ro, &c.

A ghaoil cha'n e do bhoichead,  
 A rinn mò chridh' a leonadh,  
 Ach mànran binn do bheoil,  
 A bha dhomhsa mar dhriuchd.

Ho ro, &c.

Mo ghaol tha toinnt' mu'n cuairt ort,  
 Cho teann 's nach gabh e fuasgladh,  
 'S gu'm brist' mo chridhe, 'luaidh-ghil,  
 Mur buannaichd mi thu.

Ho ro, &c.

O's truagh nach robh mi càraicht',  
 Le m'athair is le m'mhathair,  
 Far 'm bheil iad ann an samhchuir,  
 'An tamh anns an uir.

Ho ro, &c.

Ged gheabhainn-sa do storas  
 Na cheannachadh an Roinn Eorpa,  
 Gu'n tugainn air son pòig e,  
 O d'ros-bhilean ciuin.

Ho ro, &c.

---

### AN IARRUIDH DHIOMHAIN.

C'AIT am bheil fois, agus c'ait am bheil tamh,  
 C'ait am bheil fois, agus c'ait am bheil tamh,  
 C'ait am bheil ioc-shlaint do chridhe fo phramh  
 No c'ait am bheil suaimhneas o namhan 's o chradh?

Mar thonnan, na fairge, a' bualadh, gu dlu,  
 'S e nuallan, is monmhur, mu oirean nan stùc,  
 Tha luasgan is gluasad 's an t-saoghal mu'n cuairt,  
 'S gach ni cho beag socair ri broilleach nan stuadh.

Chuir mi flùr, 's rinn e fas ann an gàradh ri deas,  
 'S 'n uair shaoil mi e cubhraidh le driuchd agus teas,  
 'S ann thainig gaoth reot' 's air mo ròs thainig bas,  
 'S bha dhuilleagan caoin' a' dol aog air a bhàrr.

Thug mi eun as a' choill dhianamh seinn domh gu binn,  
 'S 'n uair shaoil mi bhi 'g eisdeachd a cheileiridh ghrinn,  
 'S ann shuidh e air geig, 's e gu h-eisleanach trom,  
 Gu marbh-shuileach tursach, 's e tuchta gun phóng.

Sheall mi 's a' ghleann air son fois agus taimh  
 Ri latha geal samhruidh 's a' ghrian anns an aird;  
 'S mu'n deach i 's an iar, gun robh'n iarmailt fo ghruaim,  
 Is beithir, 's beum-sleibhe, a' réubadh nam bruach.

Dh'iarr mi gu fois agus dh'iarr mi gu sìth  
 Dh'iarr mi gu teicheadh o chogadh 's o strìth ;  
 O 'n uair 'shaoil mi gu'n dh'fhuair mi gu cala nam buadh,  
 'S ann bha mi gu h-anrach air taisdeal nan stuadh.

Dh'iarr mi gu fois, is gun fhois air an t-saogh'l,  
 Is leag mi mo cheann air geal-bhroilleach mo ghaoil,  
 'S bha 'chluasag ud làn de chaoin-dhuilleach nan ròs  
 Ach ochan na'm measg gu'n robh'n dris mar bu nòs.

O ciamar bhiodh fois, ann an arfhaich nan tuagh,  
 'S gur cruaidh bhios an cogadh, mu'n coisinn sinn buaidh,  
 Bidh leagadh, is leonadh, is dòibheairt, 's an strìth  
 'S ged 's truagh e, gur diomhain bhi 'g iarruidh na sìth'.

Ach'n uair'choisneas sinn buaidh mar is dual do gach sonn,  
 Air a' gheal-ghaineamh airgid tha thall th'air an tonn,  
 Gheabh sinn suaimhneas 'bhios buan thair gach uamhunn  
 is strìth.

'S bith sinn cruinte le gaol an tigh aobhach na sìth'.



#### TO A SPRIG OF HEATHER SENT ME FROM A HIGHLAND GLEN.

Thou hast come with the smell of my dear native mountains,  
 And tales of the freshness of moorland and lea ;  
 From the wild misty glens, where in glory thou bloomest,  
 A whisper of love thou hast brought unto me.  
 O dear to my heart are thy sweet purple blossoms,  
 That grow 'mong the brackens that curl on the braes,  
 And by the green banks of the clear winding rivers,  
 Whose murmurs I hear, as upon thee I gaze.

Thou hast brought me the fragrance of briar and myrtle,  
 The bright shining gold of the furze and the broom,  
 The plover's wild cry, and the whirr of the heathcock,  
 That sleeps on thy bosom, and feasts on thy bloom.  
 Methinks I behold the soft fringe of the pine-tree,  
 The beautiful rowan, in scarlet and green,  
 And white foaming streamlets that rib the steep corrie,  
 Whose life-giving breezes are bracing and keen.



Thou hast whispered of cot and of high mountain sheiling,  
 Where heroes were reared in the days that are gone ;  
 Of maidens that sang in their beauty and gladness,  
 Where now there is stillness, so sad, and so lone.  
 The clear silver fountains, that gleam in thy bosom,  
 No longer give life to our brave Highland men ;  
 They refresh but the deer and the sheep, whilst our heroes  
 Are exiled afar from the strath and the glen.

Thou honey-sweet heather, 'mid visions of beauty,  
 And sweet songs of love that for me thou dost weave,  
 And memories soft, as the down of the canach,  
 That waves in the breath of the mild summer eve :  
 Methinks the last breeze that had stirred thy red blossoms  
 Had chanted the wail thou hast borne unto me,  
 A dirge for the brave, who will ne'er tread the heather,  
 Nor see thy dear mountains, thou land of the free.



## AN DEALACHADH GAIDHEALACH.

LE PROFESSOR BLACKIE.

FONN :—“ *Cuimhneachadh air d'fhuran.*”

'S GLAN dèarrsadh na gréin',  
 'S geal cobhar na tuinne ;  
 'S aotrom nedil a' snàmh  
 Os cionn àird' nan tulach.  
 'S caoin a shéideas gaoth,  
 Bho bhàrr fraoch a' bhruthaich ;  
 Raineach 's itich géig',  
 Ri h-éibhneas gu subhach.  
 Tha gach ni fo'n ghréin,  
 Talamh 's spéur làn aighir,  
 'S mise 'n so leam fhéin,  
 Gun mo chéile mar rium.

Bu shunntach sinn an raoir,  
 'S sinn aig taobh an teine ;

Sùil ri sùil làn bàigh,  
 'S comunn blàth 's gach cridhe.  
 Orain thruais 'us ghràidh,  
 'G an seinn àrd le binneas—  
 Do neach aotrom gàir',  
 'S do'n fhear chrionnta gliocas.  
 Nis leam-fhein ag caoidh,  
 'Falbh nan raon gun aighir ;  
 Thu cho fada bhuam,  
 B'e mo luaidh 'bhi mar riut.

Ged 'sheinneas mi dàn,  
 Cha dean sid mo mhealladh ;  
 'S ged a ni mi gàir',  
 Tha mo chridh' fo smalan.  
 Mar ghiullan tha mì,  
 'Bhios gu dlù ri feadail  
 'Dol seachad air cill,  
 'S e air chrith le h-eagal.  
 Ged 's aotromaid am fàsach  
 'Bhi 'seinn dhàna-mulaid,  
 Cha tig flùr fo bhlàth  
 Gun thu, 'ghràidh, na 'chuideachd.

'S bòidheach raineach uaine,  
 'S àillidh snuagh a' bhruthaich ;  
 Chi mi 'n gorm-bhrat àrd  
 Troimh na neòil gu lurach ;  
 Shìos ud anns a' ghleann,  
 'S òrbhuidh dreach a' choirce ;  
 An iarmailt uile làn  
 De reachd fàis 'us toraidh.  
 'S ged bu pheacadh e  
 A bhi 'n so fo smalan—  
 Gura trom mo dhéur,  
 'S gun mo chéile mar-rium.

## ALLT-A'-CHINNAIRD.

LE PROFESSOR BLACKIE.

O CHRÙN Beinn-a'-Bhreachdaidh troimh chreagan, 's troimh  
 ghlinn,  
 Tha Allt-a'-Chinnàird 'tighinn le thoirmeanaich bhinn,  
 Gur h-aoigheil, 's gur sunntach e, 'sior-ruith le surd,  
 Gus an teid e 'am falach an Teathuil nan lùb,  
 Bheir mise dhut òran, a Gharbh-shruthain dhuinn,  
 'S bu chomaine dbomhs' sud, gu ceolarach binn,  
 'S an t-sìth, is an sòlas, a fhuair mi gach là,  
 Mu d'bhruachagan, greannar, O Allt-a'-Chinnàird.

Moladh càch mar is aill leo, 'n tuil uaibhreach nach fann,  
 'Tha toirt beatha do 'n Choptach, 'us clabar neo-ghann,  
 Far am bheil *Titanan* mora nan laithean a dh'fhalbh  
 A' sealltuinn le oillt air a' bhochduinn na 'n sealbh,  
 Far 'm bheil aintighearnan borb a' fas reamhar lan uail',  
 Air saothair na traill', is an acaraidh thruaigh,  
 Ach thoir dhomhsa na glinn anns nach cluinnear gu  
 brath,  
 Guth ainneartaich, smachdail mu Allt-a'-Chinnàird.

Moladh each mar is aill leo tuil Tiber nam buadh  
 Sàbinich, is Romanaich, mor thair' gach sluagh  
 Ard-chri'ach, ard-lamhach, luchd foghlum gun sgàth,  
 Luchd-reubainn, luchd-riaghlaidh, nan ioghnadh thair  
 chach;  
 Bho Thigris, gu Thames, chuir iad rioghachdan fo smachd,  
 Le buille an claidheamh, is tabhachd an reachd,  
 Na Cæsaran uaibhreach nach caomhnadh aon namh  
 Ach an cuing cha robh riamh, air Allt riabhach' Chinn-  
 aird.

Moladh each mar is aill leo, cas-bhruachan na Rhine,  
 'S iad sgeadaicht' le duilleach, is dearcas an fhion,  
 Ard Eaglais, Tighmanaich, is luchairt, is tùr,  
 Is sagairt, is Imp'rean, le 'n stri co dhiu 's mò;  
 Bha Impirean ann a spion feusag a' Phàp,  
 Is Imp'rean a chriothnuich roimh spionnadh a lamh,

'N uair bha 'n Gaidheal gu saimheil, le 'chòraichean ard,  
Mu d'ghorm bhruachan, greannar, O Allt-a'-Chinnaird.

O Allt-a'-Chinnaird, 'n uair le gruaim 'thig a' ghaoth,  
Is uisg', agus ceathach, air monadh, is fraoch,  
'N uairthig toirm a' bheum-sleibhe, 's i'reubadh nam bruach,  
'S do thonn geal le cobhar; 's a' bhruthach ri fuaim—  
O, an sin a bhi lorgach, tre dhorcha nan sian,  
Do lubagan donna, b'e m'aighear, 's mo mhiann,  
'S m'fhuil chraobhach bhiodh ùraicht', 's mo bhroilleach  
bhiodh làn,  
Do ghaoth Beinn-a'-Bhreachdaidh, O Allt-a'-Chinnaird.

O, Allt-a'-Chinnaird 'n uair thig Samhradh an àigh  
'S a 'mhaoth raineach uaine mu d'bhruachan a' fàs,  
Cha'n 'eil oran bean-talaidh\* mo chri' bheir fo bhuaidh  
Mar bheir do bhinn chronan, leam 's ceol'ar do dhuan,  
'S cha'n 'eil cathair cho socair an Cùirt air an t-saoghal  
Ris a' chloich chrot'laich ghlais 'tha 's an lionaig ri d'thaobh  
Far 'm bi barrach is giuthas gu h-urar 's a' Mhàigh,  
Toinnibh gairdeanan greannar mu Allt-a'-Chinnaird.

O, Allt-a'-Chinnaird, o ghorm lub do chuid gleann,  
Falbhaidh mis' mar an sgail 'bhios air aodann nam beann,  
Ach mairidh tus'n uair nach faicear a h-aon de chlann daoin'  
A' sealltuin le tlachd air do thonn, no do raon ;  
Agus mis', ged nach eisd mi do thorman ri d'bhruaich,  
Bidh tu 'm shealladh gach la, is na m'chuimhne bidh buan,  
An t-sith is an solas a dh'uraich mo chàil,  
Mu d'ghorm luban greannar, O Allt-a'-Chinnaird.



### AISLING OISEIN.

LE PROFESSOR BLACKIE.

Br'n oidhch i, 's ged chaidil mi seimh air mo chluasaig ;  
Bha m'inntinn co luaineach 's co luath ris an stéud,  
'Us chunnacas leam clàrsach, air seann seileach seargta,  
'Us lamh thana chruaidh a' fann-bhualadh nan téud ;

\* Siren.

5 Gheur-sheall mi 's o'n laimh ghrad-chinn ard choluinn uasal  
 Mar an geamhradh geal, fuar, bha a thuar is a lith,  
 'S bha 'chiuine 's a' mhaldachd bha dearsa na 'ghruaidhean.  
 'S a mhoralachd uasal, mar shuaicheantas rìgh ;  
 Bha chiabhagan tana, a' snàmh air na gaoithean  
 10 'S e cruinte le ùr-fhleasg, do bhàrr-geal an fhraoich  
 A mhala mur gheal-chloich gun salachadh le gaillinn,  
 'S air leam nach robh fradharé an suilean an laoich.

Thuirte e 'mhic na tir galld' tha thu eol domh is caomh leam,  
 Thug thu gaol do mo shluagh, agus buaidh thug dh'an dan, ✓  
 15 Na baird rinn mi arach, fhir-ghraidh dhut is ceolruidh,  
 'S rinn an duanagan boidheach, thu ogail, 'us slan ;  
 O's tric is mi snamh air glas-cheathach nam beanntan  
 Mar thaibhse, na'n taibhs', aig cinn-fheadhna nan treun,  
 Ghabh mi beachd air do cheum, lu-chas eutrom 's a'  
 gharbhlach,

20 'S do bhinn-ghuth 's a cheol, 's ghabh mi coir ort dhomh fein ;  
 A mhic ghaisgeil a' ghoill, ni mi 'ghloir dhut a thiodhlac  
 Bho'n leoman gu'n dìon thu an sgialachd 's an duan ;  
 Gun duisg thu gach pong, do sheann uirsgeoil, nam  
 Fianntan,  
 Chum cuimhn' nam mor-ghnìomh rinn na saoidh a bhi  
 buan.

25 O's tric mise ag gal a measg ceathach nan àrd-bheann  
 'S mi sealltuinn air làraichean fàsail nan gleann,  
 'S gun aon ghuth ri chluinntinn ach caoidhrean, nan  
 caochan,

'Us osnaich na gaoithe, feadh aonach, nam beann ;  
 'Us monmhur na tuinne 's a' phloggail ag iathadh  
 30 A gairdeanan ciara mu ìochdar nan stùc ;  
 'S nach cluinnear leam caithream nan oighfhear 's nan  
 gruagach,

Le luinneag an dualchuis, 's a buaidh mar an driuchd ;  
 'S nach cluinnear leam glaoth nam fear mdr-bhroilleach  
 soilleir,

35 Na baird 'bhiodh le coireal a' dusgadh an laoich,  
 Tha'n coigreach air bristeadh roimh d'ballachan uaibh-  
 reach,  
 'S e 'n Gall tha na 'uachdran an duthaich an fhraoich !

O ghuil mi 's ged ghuil, ciod am fath tha na'm dheoir  
dhomh,

Cha till iad na sloigh a chaidh fhogradh á m'ghlinn ;

Ach, 'Albannaich ghràidh, thoiream dhutsa ri thasgadh

An cànan a chleachdadh le laoidh nan guth binn ;

'Us liubhram dhut laoidhean a' cheathaich 's a' chruachain,

Nam mòr-thuiltean uaibhreach 'us nuallan nan tonn ;

Beum-sléibhe nan garbh-eas 'us crònan nam fuaran,

Nan coireachan uaigneach 's nan coilltichean donn ;

'S a' phìob 'bha gu tatrach 'n uair 'leagadh rìgh Lochlunn,

'S a' laidh e gu dìblidh aig casan nan sàr ;

'S a' chaithream a sheinneadh 'us Fionn air a chuartach

Aig fleadh, leis na h-uaislean thug buaidh anns an àr.

'Us bheir mi dhut òran a' bhàird aig Bheinn-Dòrain,

Le abhachd an fhoghair 'us ciùine a' Mhaigh ;

'S an sruthanan caoimhneis gu h-aoibhneach a' dòrtadh,

'S mar ur-bharrach-samhraidh air chrith anns a' ghaoith ;

'Us bheir mi dhut leabhar an Dòmhnullaich ghaisgeil

Cho borb ris a' ghaillinn 's cho làidir ri beinn ;

'N uair chuir e gu sàile deagh bhìrlinn Chlann-Ràonuill

Le gairdeinean làidir 'toirt "hùgan" air tuinn ;

Rach 's teagaisg do d'shluagh cànan uasal nan Gaidheal,

'S ged rinn iad oirr' dimeas, o, dùisg iad gu bàigh ;

'S thoir beatha as ùr ann an tìr nam beann fuara,

Do'n chedl bhios 'g a luadh 'fhad 's bhios cuan tigh'n gu  
tràigh.

Do'n mhaise nì'n dorus 's a' chreathall a chuartach,

O, abair ri m'shluagh iad a thabhairt am miann ;

'S gun iad 'mholadh mar dhleasnas, no dh'iarraidh mar  
shòlas

Bhi 'tional an eòlais bho dhùthchannan cian.

Air an àilein an cinn 's ann 's bòidhche an t-sobhrach,

Cha'n 'eil flùr a ni monadh cho sgiamhach ri fraoch ;

'Us an smuain ud is doimhne tha i 'n taice do chridhe,

Thig a leum thun an là ann an cànan nan laoch.

Bithibh dileas do chànan ur màthar, mo mhuinntir,

A blàth-fhuil ur n-òig gheabh ur fearalachd lòn.

Bithibh dileas do'n chainnt 'tha aig ceatharnaich mhòra,

'Toirt sgiathan dh'an sòlas, 'toirt gath as am bròn.

75 O, innis do m'mhuinntir-s' tha tàmh an Dunéideann,  
 Gur nàire dhaibh cuimhne mo bhàird bhi fo lic ;  
 'Us Gréigich 'us Ròimhich ag imeachd gu mòrail  
 An dùthaich mo shlòigh-sa air ùrlar nan glic.  
 O, gòrach, mi-dhìleas, c'uim' bhios sibh ri dìmeas  
 Air ionmhasan prìseil deagh dhùthaich nan tréun,  
 'N àite fleasg duillich uaine, a' strìth ri bhi fuaghal  
 80 Crùin luideagan suarach bho rìgheachdan céin !  
 O, labhair ri m'chloinn, séid an seann teine Gàidhealach  
 Gus an éirich bho éibhlean an lasair le buaidh ;  
 Ri ceolruidh nam beann, lean gu teann agus faic i,  
 Leis a' Ghréig s' leis an Ròimh an oil-theampull mo  
 shluaigh.

85 Sguir an taibhse a labhairt 's e snàmh as mo shealladh,  
 'S ged a dh'amhairc mi geur air son eudann an laoch,  
 Chaidh e bhuan ann an tiota ann an dorcha na h-oidhche,  
 Mar leug le grad-bhoillsgeadh theid as anns a' ghaoith ;  
 90 Cha robh ann ach a' chlàrsach 's an seann seileach seargte,  
 'S am meur tana fann ud a' dùsgadh na laoidh' ;  
 'Us laidh mi gu deurach a sìos air mo leabaidh,  
 Mar neach brònach mu'n charaid nach till ris a chaoidh ;  
 'Us thug mi mo bhòid a bhi dìleas dh'a fhàinte  
 'Us gu'm faicteadh an Gàidheal an àros nan glic,  
 96 Mar-ri Greugaich 'us Ròimhich a' triall tre na h-àlaibh,  
 Le cliu nach teid bàs 's ainm nach càirear fo lic.

—◆—  
 LUINNEAG.

THILL, GU'N DO THILL THU, BHLACKIE.

FONN :—“*Thèid i 's gu'n tèid i leam.*”

THILL, gu'n do thill thu, 'rùin,  
 Thill, gu'n do thill thu dhachaidh,  
 Thill, gu'n do thill thu, 'rùin.

'S coma co a thig no thèid leinn,  
 Bho'n a thill thu-fhèin, a Bhlàckie.  
 Thill, &c.

Caraid' 's fear-tagraidh nan Gàidheal,  
Mo chùis-mhàrain thu bhi fallan.

Thill, &c.

'S ged a bha thu anns an Eiphit,  
Gu'm b'e d'éibhneas 'bhi 's na glèannaibh.

Thill, &c.

B'annsa leat 'bhi 'n Allt-na-Craige,  
Na 's an Eadailte 'bhi d'bharran.

Thill, &c.

B'annsa leat am fàile caoin,  
A thig o'n roid, o'n fhraoch, 's o'n chanach.

Thill, &c.

No ged 'bhi tu'n gàradh cùbhraidh,  
Spìosruidh 's tùis an dùthaich d'aineoil.

Thill, &c.

'S binn an ceòl leat fuaim na tuinne,  
A bhuaileas ri Muile a' bharraich.

Thill, &c.

'S gaoithean samhruidh 'tighinn le crònan,  
'Bho ghlinn àrd na mòr-bheinn bheannaich.

Thill, &c.

Mìle beannachd, fhir mo ghaoil thu,  
'S mi tha aòbhach thu 'bhi dhachaidh.

Thill, &c.

'S binn an naigheachd leis na Gàidhil,  
Thu 'thighinn sàbhailt as gach carraid.

Thill, &c.

Togar bratach, séidear pìoban,  
Lìonar 'pìosan a bhitheas barrach.

Thill, &c.

'S coma co a thig no théid leinn,  
Bho'n a thill thu-fhéin, a Bhlackie.

Thill, &c.



# LIST OF GAELIC BOOKS

*And Works on the Highlands*

PUBLISHED AND SOLD BY

**MACLACHLAN & STEWART,**

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

63 & 64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

A liberal discount allowed on orders for exportation or for private circulation.

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dictionary, with Grammar, 12mo, <i>cloth</i> , . . . . .	9	0
— Ditto, ditto, <i>hf.-bound calf</i> , . . . . .	11	0
— English and Gaelic, separately, <i>cloth</i> , . . . . .	5	0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, <i>cloth</i> , . . . . .	10	6
Aleine's Alarm to the Unconverted, . . . . .	1	6
— Saint's Pocket Book, <i>cloth</i> , 1s. <i>sewed</i> , . . . . .	0	6
An T-Oranaiche, by Sinclair, <i>complete, cloth</i> , . . . . .	10	6
Assurance of Salvation, 18mo, <i>sewed</i> , . . . . .	0	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	1	6
— Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes, . . . . .	2	6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, <i>sewed</i> , . . . . .	0	1
Bible in Gaelic, 8vo, <i>strongly bound in calf</i> , . . . . .	7	6
Blackie's (Prof.) Language and Literature of the Scottish Highlands, 8vo, <i>cloth</i> , . . . . .	6	0
Book (The), of the Dean of Lismore, a Selection of Ancient Gaelic Poetry, with a Translation and Notes by Rev. Dr. M'Lauchlan, 8vo, <i>cloth</i> , 12s. for . . . . .	7	6
Boston's Fourfold State, 12mo, <i>cloth</i> , . . . . .	4	0
Bonar's (Rev. Dr. H.) Christ is All, 18mo, <i>sewed</i> , . . . . .	0	3
— God's Way of Peace, . . . . .	1	0
Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Conversion with his Hymns, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	2	0
— The Hymns, separately, 18mo, <i>sewed</i> , . . . . .	0	3
— Reminiscences of, with his Hymns, and an English version of them by Rev. A. Sinclair, Kenmore, <i>cl.</i> , . . . . .	3	0
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	2	0
— World to Come, or Visions from Hell, <i>cloth</i> , . . . . .	1	6
— Grace Abounding, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	2	0
— Pilgrim's Progress ( <i>three parts</i> ), <i>cloth</i> , . . . . .	2	6
— Water of Life, <i>cloth</i> , . . . . .	1	0
— Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	2	0
— Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	1	0

2 *Gaelic Books Sold by Maclachlan & Stewart.*

	<i>s. d.</i>
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	1 6
Campbell's (J. F.) Popular Tales of the West Highlands, 4 vols., 12mo, . . . . .	32 0
Carswell's Gaelic Prayer Book, edited by Dr. M'Lauchlan, 4to, <i>bound</i> , 30s. for . . . . .	15 0
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English, . . . . .	0 2
— Mother's, 1d. Gaelic and English, . . . . .	0 2
Celtic Magazine, in Numbers, Monthly, each . . . . .	0 6
Church of England Common Prayer Book. Gaelic and English, 12mo, <i>cloth</i> , . . . . .	2 6
Confession of Faith, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , . . . . .	2 6
Dàn an Deirg agus Tiomna Ghuill (Dargo and Gaul), with a new Translation, Notes, and Introduction, by C. S. Jerram, . . . . .	2 6
Dewar's (Rev. Dr) The Gaelic Preacher, Four Sermons in large type, 8vo, . . . . .	0 4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, . . . . .	0 3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> , . . . . .	3 0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	2 6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	1 2
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> , . . . . .	0 6
Forbes' (Rev. J.) Baptism and the Lord's Supper, . . . . .	0 4
— An Lochran : Dialogues regarding the Church, . . . . .	0 6
— Long Gheal : The White Ship ; a Spiritual Poem, . . . . .	0 4
Gael (The), a Monthly Gaelic Magazine bound in cloth, for 1873, '74, '75, '76, and '77, each, . . . . .	7 6
Gaelic First Book, 18mo, 2d. ; Second do., . . . . .	0 4
Gaelic Melodies, English and Gaelic Words, with Music, <i>new notation</i> , . . . . .	0 6
Gaelic Spelling-Book, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	0 6
Gaelic Tracts, different kinds, <i>sorted</i> , for . . . . .	1 0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	1 6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	2 0
Hall's (Newman) Come to Jesus, . . . . .	0 6
Harp of Caledonia, Gaelic Songs, 32mo, <i>sewed</i> , . . . . .	0 4
Haughton's "A Saviour for You," . . . . .	0 2
Highland Minstrel (Am Filidh Gaidhealach), . . . . .	1 0
Historical Tales and Legends of the Highlands, by Alex. Mackenzie, . . . . .	3 6
History of the Scottish Highlands, Highland Clans, and Regiments, illustrated with Portraits and Tartans, 2 vols., 8vo, 56s. for . . . . .	40 0
History of Animals named in the Bible, . . . . .	0 6

*Gaelic Books Sold by Maclachlan & Stewart.* 3

	s.	d.
History of Prince Charles, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , . . . . .	3	0
Ditto, ditto, <i>cheap edition, sewed</i> , . . . . .	1	6
James' Anxious Enquirer, 12mo, <i>cloth</i> , . . . . .	1	6
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	1	6
Joseph, History of, 18mo, <i>sewed</i> , . . . . .	0	4
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, <i>cloth</i> , . . . . .	0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy Scriptures, by Forbes, 18mo, . . . . .	0	4
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the High- landers, 2 vols, 28s. for . . . . .	20	0
M'Alpine's Gaelic Grammar, 12mo, . . . . .	1	0
Macbean's Elementary Lessons in Gaelic, with a Vocabulary and Key, . . . . .	1	0
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo, . . . . .	4	0
— The Catholic or Universal Church, . . . . .	0	6
Maccoll's Mountain Minstrel, 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	1	6
Macdonald's (Mac Mhaistir Alistir) Gaelic Songs, . . . . .	2	0
Macdonald's (Rev. Dr) Gaelic Poems, <i>cloth</i> , . . . . .	2	6
— Waters of Jordan, 18mo, <i>sewed</i> , . . . . .	0	2
M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, with an English Translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," 18mo, <i>cloth</i> , . . . . .	2	0
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language (in English), 8vo, <i>sewed</i> . . . . .	1	6
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, 18mo, . . . . .	2	6
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> , . . . . .	3	6
Mackenzie's Beauties of Gaelic Poetry, royal 8vo, . . . . .	12	0
— Gaelic Melodist, 32mo, . . . . .	0	4
Maclaurin's Sermon, Uaill ann an Crann-Causaidh Chrìosd, <i>sewed</i> , . . . . .	0	6
Macleod, Rev. Dr, Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> , 1s. for . . . . .	0	6
Macleod, Rev. Norman, Caraid nan Gaidheal, 8vo, <i>half-bound calf, neat</i> , . . . . .	18	0
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings, or Notices of the History and Literature of the Scottish Gael (in Eng- lish), fcap. 8vo, <i>cloth</i> , . . . . .	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian (in English), 8vo, . . . . .	0	6
Macneill's Neniae, and other Poems, <i>cloth</i> , . . . . .	2	0
Macpherson's (D. C.) Practical Lessons in Gaelic, for the use of English-speaking Students, <i>sewed</i> , . . . . .	1	0

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Macpherson's "Duanaire," a New Collection of Songs, &c., <i>never before published, cloth,</i> . . . . .	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, 8vo, <i>cloth,</i> . . . . .	6	0
Mountain Songster, Collection of Original and Selected Gaelic Songs, . . . . .	0	6
Munro's Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, . . . . .	2	0
— Selection of Gaelic Songs, 32mo, . . . . .	0	4
Ossian's Poems, with an English Translation and Disserta- tion by Rev. A. Clerk, 2 vols, 8vo, . . . . .	31	6
Ossian's Poems, revised by Dr. Maclachlan, <i>cloth,</i> . . . . .	3	0
Ossian and the Clyde : Fingal in Ireland, Oscar in Iceland, by Dr. H. Waddell, . . . . .	12	6
Ossian's Lyre (Clarsach Oisein), <i>old and new notations,</i> per doz.	1	6
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, <i>sewed,</i> . . . . .	0	6
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maccoll, 12mo, . . . . .	1	0
Prayers and Admonitions (series of six, large type), in packets of 2 dozen, <i>sorted,</i> . . . . .	0	6
Prophecies of the Brahan Seer, by A. Mackenzie, . . . . .	3	6
Psalm Book, large type, 18mo, <i>bound, gilt edges,</i> . . . . .	2	6
— do., 18mo, <i>cloth,</i> . . . . .	1	0
— Smith's or Ross's, large type, 18mo, <i>bd.</i> . . . . .	2	0
— Gaelic and English, on one page, <i>cloth,</i> . . . . .	1	6
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, <i>cloth,</i> . . . . .	1	6
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed,</i> . . . . .	0	3
Sixteen Short Sermons, 12mo, <i>sewed,</i> . . . . .	0	2
Skene's Celtic Scotland ; a History of Ancient Alban, Vols. I. and II., each . . . . .	15	0
Smith's (Dr) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram . . . . .	2	6
Stewart's Elements of Gaelic Grammar, Royal Celtic Edition, crown 8vo, <i>cloth,</i> . . . . .	3	6
Sum of Saving Knowledge, 12mo, <i>sewed,</i> . . . . .	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, <i>sewed,</i> . . . . .	0	2
—		
New Testament for Schools, 12mo, <i>bound,</i> . . . . .	1	0
Job to Ecclesiastes, 12mo, <i>bound,</i> . . . . .	0	6
Proverbs of Solomon, 8vo, <i>sewed,</i> . . . . .	0	2

## BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,

AT VARIOUS PRICES.



Faint, illegible text, likely bleed-through from the reverse side of the page. The text is arranged in approximately 20 lines, with some lines appearing as distinct paragraphs or entries. The characters are too light and blurry to be transcribed accurately.

Printed text at the bottom of the page, possibly a title or a signature. The text is centered and appears to be in a serif font. It is also very faint and difficult to read.

LCelt  
ML545p

Mackellar, Mary  
Poems and songs, Gaelic and English.

430586

DATE

NAME OF BORROWER

**University of Toronto  
Library**

**DO NOT  
REMOVE  
THE  
CARD  
FROM  
THIS  
POCKET**

Acme Library Card Pocket  
LOWE-MARTIN CO. LIMITED

